

# Plana Stiùiridh Ro-innleachdail Oighreachd a' Chrùin Alba



## Clàr-innse

Ro-ràdh bhon Mhinistear .....	3
Ro-ràdh.....	5
Cùl-fhiosrachadh .....	11
A' cruthachadh a' Phlana Stiùiridh Ro-innleachdail gus am bi e a rèir amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean nas fharsainghe .....	12
A' Lìbhrigeadh na Lèirsinn .....	20
Amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean: .....	21
• Cuspair 1: A' libhrigeadh bhuannachdan agus a' coileanadh chothroman .....	21
• Cuspair 2: Mar a thathar a' stiùireadh stòrasan Oighreachd a' Chrùin Alba .....	28
• Cuspair 3: Teachd a-steach, A' stiùireadh Fiachanasan agus cùisean eile .....	39
Ag aithris, a' cumail sùil agus ag ath-sgrùdadh .....	45
Briathrachas .....	47
Leas-phàipearan:.....	49
• Leas-phàipear A: Amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean	
• Leas-phàipear B: Mar a tha amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean Oighreachd a' Chrùin Alba a rèir nan Amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean eile aig Ministearan na h-Alba	
• Leas-phàipear C: Stòrasan Oighreachd a' Chrùin Alba	
• Leas-phàipear D: Achd Oighreachd a' Chrùin Alba 2019: Earrannan 7, 10, 11, 22 agus 23	

## Ro-ràdh bhon Mhinistear

Tha a' chiad Plana Stiùiridh Ro-innleachdail airson Oighreachd a' Chrùin Alba na cheum a bharrachd sa phrògram obrach nas fharsainghe againn gus Oighreachd a' Chrùin Alba a bhith air a tiomnachadh agus gus a stiùireadh ath-leasachadh. Tha na stòrasan seo a' gabhail a-steach oighreachdan dùthchail, cha mhòr an dàrna leth de chladaichean na h-Alba agus còraichean liosaidh airson gnothaichean air grunn na mara suas gu 200 mìle mara.

Bidh an lèirsinn, na h-amasan, na prìomhachasan agus na poileasaidhean a tha air am mineachadh sa Phlana Stiùiridh Ro-innleachdail a' togail air an obair chudromach a rinneadh gu ruige seo gus smachd fhaighinn air na stòrasan airson Alba, tro bhith a' stèidheachadh Oighreachd a' Chrùin Alba gus na stòrasan a riaghladh, a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi gluasad rèidh ann airson luchd-obrach, teanntan, agus luchd-ùidh eile agus ag ath-leasachadh an fhrèam-obrach iomlain airson riaghladh nan stòrasan tro Achd Oighreachd Crùn na h-Alba 2019. Tha sinn cuideachd ag obair le Oighreachd a' Chrùin Alba gus comharrachadh mar as urrainnear cur ri buannachdan nas fharsainghe do dh'Alba agus mar as urrainnear pileat a dhèanamh air dòighean-obrach riaghlaidh ionadail. Chaidh na h-amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean a chruthachadh gus tuilleadh adhartais a chur an comas air na h-ath-leasachaidhean sin agus aig an aon àm, a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil iad a rèir nan amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean nas fharsainghe aig Ministearan na h-Alba.

Tha na h-amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean airson Oighreachd Crùn na h-Alba a' co-thaobhadh chan ann a-mhàin ris a' phrògram nas fharsainghe againn a chithear anns an Fhrèam-obrach Coileanadh Nàiseanta ach tha iad cuideachd a' cur gu mòr ris na h-amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean nas fharsainghe againn thar raon de ghniomhachdan. Tha iad sin a' gabhail a-steach na freagairt againn do dh'èiginn gnàth-shìde na cruinne, a bhith a' lìbhrigeadh nam prionnsapalan san Fhrèam Dealbhadh Nàiseanta agus sa Phlana Mara Nàiseanta, agus a' buileachadh na Ro-innleachd Lùths, Ro-innleachd Turasachd Nàiseanta agus na h-obrach againn air ath-leasachadh fearainn. Tha cur ri cumhachd nan coimhearsnachdan cuideachd na àrd phrìomhachas dhuinn.

Tha na stòrasan nam prìomh eileamaid de mar as urrainn dhuinn ar stòrasan mara, cladaich, dùthchail agus eile a dhìon, a chleachdadh agus a leasachadh san àm ri teachd. Tha uallach air Oighreachd a' Chrùin Alba na stòrasan fiosaigeach sin a stiùireadh ach tha eòlas agus dealas an luchd-obrach aice na stòras cudromach eile a tha a' toirt bhuannachd do dh'Alba tron obair aca gus cothroman cho mòr 's a ghabhas fhaighinn bho stòrasan fiosaigeach Oighreachd a' Chrùin Alba.

Tha mi airson dèanamh cinnteach gun urrainn Alba cumail oirre a' cleachdadh an eòlais agus an dealais seo. Bu chòir cuspairean mar seo a bhith aig cridhe na h-obrach againn san àm ri teachd gus stiùireadh nan stòrasan againn ath-leasachadh, a' gabhail a-steach chòmhradhean mu mar as urrainn dhuinn miannan ionadail a choileanadh gus barrachd smachd ionadail a bhith air stòrasan far a bheil miannan mar sin ann an diofar sgìrean de dh'Alba.

Tha mi a' coimhead air adhart ri bhith a' co-obrachadh tro gach raon gus an sealladh againn a thoirt gu buil agus gus cur ris na builean buannachdail bho bhith a' riaghladh nan stòrasan cudromach sin airson buannachd na h-Alba agus aig an aon àm a bhith a' dìon an luach do dh'Oighreachd a' Chrùin Alba.



A handwritten signature in black ink, appearing to read 'R. Choineagan'. The signature is fluid and cursive.

**Ròsanna Choineagan**  
**Rùnaire a' Chaibineit airson na h-Àrainneachd, Atharrachadh**  
**na Gnàth-shìde agus Ath-leasachadh an Fhearainn**

## Ro-ràdh

1. Cuiridh a' chiad Plana Stiùiridh Ro-innleachdail (am Plana) aig Oighreachd a' Chrùin Alba ris na Builean Nàiseanta a tha air an cur an cèill anns an Fhrèam Coileanaidh Nàiseanta (NFP)<sup>1</sup> agus ann an Adhbhar na h-Alba:

"Fòcas a bhith air dùthaich a chruthachadh a tha nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach a tha seasmhach agus in-ghabhalach."



**Dealbh 1:** Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta (NPF)

<sup>1</sup> Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta na h-Alba: <https://nationalperformance.gov.scot/>

2. Cuiridh am plana ris na 11 Amasan Nàiseanta Uile, gu sònraichte:



**Eaconomaidh** - Tha eaconomaidh againn a tha farpaiseach aig ìre an t-saoghail, a tha tionnsgalach, in-ghabhaltach agus seasmhach.



**Àrainneachd** - Tha sinn a' cur luach agus a' gabhail tlachd nar n-àrainneachd agus tha sinn ga dìon is ga leasachadh



**Coimhearsnachdan** - tha sinn a' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha ion-ghabhaltach, cumhachdach, seasmhach is sàbhailte.



**Obair is Gnothachas Cothromach** - Tha gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach againn, le deagh obraichean agus obair chothromach dhan a h-uile duine.

3. Tha am plana a' dèiligeadh ri stòrasan Oighreachd a' Chrùin Alba. Tha iad seo a' gabhail a-steach còraichean àrsaidh cho math ri fearann agus sealbh a fhuairidh bho chionn goirid agus a tha leis a' Chrùn. Chaidh am Plana ullachadh a rèir riatanasan earrann 22 (faic Leas-phàipear D) de dh'Achd Oighreachd a' Chrùin Alba 2019<sup>2</sup> (An Achd).

4. Tha luach calpa de mu £400 millean aig Oighreachd a' Chrùin Alba aig an àm seo agus tha seo a' gabhail a-steach:

- 37,000 heactair de thalamh dùthchail le gabhaltasan àiteachais, togalaichean còmhnaidh agus malairteach agus coilltearachd air ceithir oighreachdan dùthchail (Gleann Liobhait, Fachabair, Applegirth agus Whitehill);
- Còraichean airson iasgach a' bhradain fhiadhaich agus na bànaige.
- Còraichean airson airgead agus òr a tha a' nochdadh gu nàdarra air feadh a' mhòr-chuid de dh'Alba;
- Còraichean cladaich farsaing, a' gabhail a-steach cha mhòr an dàrna leth den chladach, 5,800 mòraidhean agus cuid de na puirt is calachan;
- A' liosadh grunn na mara cha mhòr uile gu lèir a-mach gu 12 mìltean mara, a' gabhail a-steach mu 750 làraichean tuathanachas-èisg agus aontaidhean le companaidhean càballan/loidhnichean-pìoba, agus còraichean eile co-ionann ri seo a thaobh grunn na mara suas ri 200 mìle mara;
- Na còraichean lìosaidh airson lùths ath-nuadhachail agus airson gas is stòradh carbon dà-ogsaid suas gu 200 mìle mara;
- Aonadan bhùithtean agus oifisean aig 39-41 Sràid Sheòrais, Dùn Èideann


Tha barrachd fiosrachaidh ann an Leas-phàipear C. Tha na mapaichean a leanas (dealbhan 2 agus 3) a' toirt seachad fios mu na stòrasan a th' aig Oighreachd a' Chrùin Alba a' gabhail a sealltainn cho mòr 's a tha iad agus far a bheil iad.

<sup>2</sup> Achd Oighreachd a' Chrùin Alba 2019 <http://www.legislation.gov.uk/asp/2019/1/contents/enacted>

# Oighreachd a' Chrùin Alba Alba agus an Sòn Albannach


Tha am fiosrachadh bhon An t-Suirbhidh Òrdanais, Oifis Uisgeachan Bhreatainn, agus Riaghaltas na h-Alba (Cùisean Mara na h-Alba) fo Chead Fhosgailte an Riaghaltais.  
Proiseactadh mapa: UTM 30N

- Alba (suas chun na crìche aig 12 Mìle Mara)
- Sòn na h-Alba (suas gu 200 Mìle Mara)



**Dealbh 2:** Alba agus an Sòn Albannach

## Aontaidhean Oighreachd a' Chrùin Alba a rèir Roinn



**Dealbh 3:** Aontaidhean Oighreachd a' Chrùin Alba a rèir Roinn  
 Dàta bho Oighreachd a' Chrùin Alba



5. Tha stòrasan eadar-mheasgte aig Oighreachd a' Chrùin Alba a tha nam pàirtean bunaiteach de na stòrasan bailteil, dùthchail, cladaich is mara againn. Tha iomadachd an t-seilbh, nan còraichean agus nan ùidhean aig Oighreachd a' Chrùin Alba a' ciallachadh gum faod co-dhùnaidhean mu ghlèidheadh, cleachdadh no reic nan stòrasan buannachdan mòra eaconamach, sòisealta agus àrainneachdail a thoirt seachad a bharrachd air buannachdan ionmhasail do choimhearsnachdan ionadail agus air feadh na h-Alba san àm ri teachd. 'S e Oighreachd a' Chrùin Alba a tha a' stiùireadh nan stòrasan uile aig an àm seo.

6. Tha co-dhùnaidhean air mar a tha sealbh, fearann agus stòrasan eile air an riaghladh taobh a-staigh nan co-theacsan agus riatanasan aig eileamaidean eile de shiostam riaghlaidh nas fharsainge na h-Alba leithid lagh seilbh, reachdas àrainneachd, ro-innleachd cleachdadh fearainn agus na siostaman dealbhaidh air tìr agus aig muir. Mar sin tha prionnsapalan leasachadh seasmhach, daingneachadh leasachadh eaconamach, ath-nuadhachadh, leas sòisealta agus leas àrainneachdail aig cridhe a' Phlana, gus an urrainn do stòrasan Oighreachd a' Chrùin Alba a bhith air an riaghladh ann an dòigh a bheir luach do mhuinntir, eaconamaidh agus àrainneachd na h-Alba agus a tha a' dìon na h-àrainneachd agus a' chalpa nàdarra againn. Thathar an dùil gum bi na toraidhean sin a' dol còmhla mar eileamaidean de sheasmhachd iomlan agus gum faodaidh iad suidhe còmhla no a bhith air am meas air an airidheachd fhèin mar phàirt de phròiseas co-dhùnaidh sam bith a thaobh stiùireadh nan stòrasan.

7. Tha am Plana a' cur na lèirsinn againn an cèill airson Oighreachd a' Chrùin Alba san àm ri teachd agus tha frèam-obrach ro-innleachdail ann airson a bhith a' stiùireadh nan stòrasan san àm ri teachd. Tha am Plana seo cuideachd a' mìneachadh nan amasan againn airson Oighreachd a' Chrùin Alba agus a' toirt stiùireadh ro-innleachdail seachad gus am feum as fheàrr a dhèanamh de stòrasan Oighreachd a' Chrùin Alba agus gus cur ri libhrigeadh soirbheachail ro-innleachdan agus poileasaidhean nas fharsainge aig Riaghaltas na h-Alba leis an amas na toraidhean as fheàrr fhaighinn do dh'Alba.

8. Tha am Plana seo a' cur an cèill nan amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean againn a thaobh stiùireadh Oighreachd a' Chrùin Alba, agus a' mìneachadh mar a tha iad seo a rèir nan amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean eile aig Ministearan na h-Alba. Am measg nan eisimpleirean a tha gan toirt seachad an seo, tha an fheadhainn ann am Plana Atharrachadh na Gnàth-shìde, Frèam Dealbhaidh Nàiseanta, Plana Mara Nàiseanta, Ro-innleachd Eaconamach, Ro-innleachd Lùths, Ro-innleachd Turasachd Nàiseanta agus eileamaidean eile den NPF anns a bheil Amasan Leasachadh Seasmhach nan Dùthchannan Aonaichte leabaichte.

9. Mar eisimpleir, ged a tha sinn air sgaoileadh gasaichean an taigh-ghlainne againn a lùghdachadh 40% bho 1990, tha Riaghaltas na h-Alba air a ràdh gu bheil e airson a bhith net-zero a thaobh eimiseanan carboin ro 2045 agus gum bi e neodrach a thaobh carboin ro 2040. Gus na targaidean fad-ùine seo a choileanadh, feumar an siostam lùths againn a dhì-charbonachadh cha mhòr gu tùr ro 2050, le lùths ath-nuadhachail a' coileanadh deagh chuid de na feumalachdan againn. Tha Ro-innleachd Lùths na h-Alba a chaidh fhoillseachadh san Dùbhlachd 2017 a' suidheachadh targaid gun tèid 50% de lùths na h-Alba airson teas, còmhail agus dealain a dhèanamh tro thobraichean ath-nuadhachail ro 2030.

10. Is urrainn do dh'Oighreachd a' Chrùin Alba cur gu mòr ri coileanadh nan targaidean seo. Obraichidh sinn le Oighreachd a' Chrùin Alba gus dèanamh cinnteach gum bi taic leantainneach ann do thasgaidhean, pròiseactan agus gnìomhachdan, a' gabhail a-steach a bhith a' beachdachadh air ro-innleachdan lùths ionadail agus roinneil co-cheangailte ri Oighreachd a' Chrùin Alba gus cur ri freagarrachadh atharrachadh na gnàth-shìde agus gus atharrachadh sòisealta nas fharsainge a dhèanamh comasach.

11. Tha am Plana seo stèidhichte air, agus tha e a' toirt aire do na riatanasan reachdail a' gabhail a-steach na h-Achd a tha na dhòigh airson atharrachaidhean a thoirt a-steach air mar a dh'fhaodar Oighreachd a' Crùn Alba a riaghladh san àm ri teachd. Mar eisimpleir, fon Achd tha dleastanasan ùra air a' mhanaidsear aig stòras Oighreachd a' Chrùn Alba a bhith ag obair ann an dòigh a chuireas air adhart leasachadh seasmhach agus a bhrosnaicheas buannachdan sòisealta, eaconamach agus àrainneachdail. Nuair a thèid a chur an gnìomh, bidh comas ann gun urrainn do dh'ùghdarrasan ionadail, buidhnean coimhearsnachd, Ùghdarrasan Cala na h-Alba<sup>3</sup> agus buidhnean iomchaidh eile a bhith a' gabhail os làimh a bhith a' stiùireadh stòras no pàirt de stòras.

12. A bharrachd air na dleastanasan reachdail, tha am Plana cuideachd a' cur poileasaidhean an cèill mu theachd a-steach Oighreachd a' Chrùn Alba agus mu na tha sinn an dùil a dhèanamh a thaobh a bhith a' cruthachadh stiùireadh mu mhanaidseadh nan stòrasan. Tha am Plana cuideachd a' mìneachadh pròiseas anns am bi Ministearan na h-Alba ag iarraidh agus a' beachdachadh air molaidhean airson gluasad no tiomnadh stiùireadh stòrasan san àm ri teachd.

13. Is e adhbhar a' Phlana a bhith a' stiùireadh, a' cumail taic ri agus a' toirt fiosrachadh dhan fheadhainn aig a bheil uallach stòrasan Oighreachd a' Chrùn Alba a stiùireadh an dàrna cuid aig an àm seo no san àm ri teachd agus cuideachd gus fiosrachadh a thoirt do dhaoine eile aig a bheil ùidh anns an dòigh sa bheil na stòrasan air an stiùireadh. Nithear seo tro bhith a' cur an cèill lèirsinn agus amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean airson dòigh-obrach cho-fhillte airson a bhith a' stiùireadh nan stòrasan gu seasmhach airson leas na h-Alba.

14. 'S e am prìomh adhbhar aig Oighreachd a' Chrùn Alba a bhith a' tasgadh ann an sealbh, stòrasan nàdarra agus ann an daoine gus luach mhaireannach a chruthachadh airson na h-Alba. Thèid a' phrothaid air fad bho theachd a-steach a phàigheadh a-steach do Mhaoin Bhonntaichte na h-Alba (Scottish Consolidated Fund - SCF). Ann an 2018/19, b' e an teachd-a-steach iomlan bho mhaoin Oighreachd a' Chrùn Alba £19 millean agus chaidh £11.4 millean de theachd-a-steach lom a phàigheadh a-steach dhan SCF.

---

<sup>3</sup> <http://www.legislation.gov.uk/asp/2019/1/contents/enacted> - Tha Earran 6 a' mìneachadh buidheann coimhearsnachd agus Ùghdarras Cala na h-Alba a thaobh cleachdadh nan cumhachdan tar-gluasad agus tiomnachadh cumhachd.

## Cùl-fhiosrachadh

15. Mhol Coimisean Mhic a' Ghobhainn ann an 2014 gun rachadh stiùireadh agus teachd a-steach bho stòrasan Oighreachd a' Chrùin ann an Alba a thiomnadh do Phàrlamaid na h-Alba. Chaidh seo a dhèanamh tro ullachaidhean ann an Achd na h-Alba 2016 (Achd na h-Alba) air 1 Giblean 2017. Chaidh cumhachdan reachdail a thaobh teachd-a-steach agus riaghladh Oighreachd a' Chrùin ann an Alba a thiomnadh do Phàrlamaid na h-Alba agus do dh'Oighreachd a' Chrùin Alba<sup>4</sup> (ris an canar Oighreachd a' Chrùin Alba (Riaghladh Eadar-amail) mar a bha air ro 1 Giblean 2020) a chaidh a stèidheachadh le Ministearan na h-Alba gus na stòrasan a stiùireadh. Aig an aon àm, dh'aontaich Ministearan na h-Alba gun cruthaich iad molaidhean gus riaghladh Oighreachd a' Chrùin Alba ath-leasachadh san ùine-fhada agus chaidh Bile Oighreachd a' Chrùin Alba 2018<sup>5</sup> (am Bile) a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba san Fhaoilleach 2018.

16. Fhuair an Achd Aonta Rìoghail air 15 Faoilleach 2019 agus thèid na h-ullachaidhean uile a cur an gnìomh tro shreath de riaghailtean tòiseachaidh. Tha an Achd a' toirt seachad frèam-obrach reachdail ùr airson a bhith a' stiùireadh stòrasan Oighreachd a' Chrùin Alba, a' gabhail a-steach dleastanasan ùra airson manaidsear stòrasan agus ullachaidhean airson atharrachaidhean ann an stiùireadh stòras Oighreachd a' Chrùin Alba, no pàirt dheth.

17. Tha seata farsaing de dhleastanasan agus cumhachdan comasachaidh anns an Achd gus riaghladh stòrasan Oighreachd a' Chrùin Alba ath-leasachadh. Tha seo a' gabhail a-steach cumhachdan aig Ministearan na h-Alba gus an dòigh-obrach as fhreagarraiche a chur an gnìomh a thaobh stiùireadh nan stòrasan tro fho-reachdas. Tha na cumhachdan agus na dleastanasan cuideachd mar bhunait dhan amas aig Riaghaltas na h-Alba gun tòir Oighreachd a' Chrùin Alba buannachdan nas fharsainge do dh'Alba agus do a coimhearsnachdan.

18. Tha dòighean anns an Achd gus stòrasan fa leth a thar-ghluasad no a thiomnadh gu raon mìnichte de mhanaidsearan ion-ròghnach, a' gabhail a-steach ùghdarrasan poblach Albannach, Ùghdarrasan Cala Albannach no buidheann coimhearsnachd. Thathar ag aithneachadh gur dòcha nach bhiodh e iomchaidh gum biodh a h-uile seòrsa stòrais air a stiùireadh aig ìre ionadail agus gum faodadh cuid de na stòrasan a bhith air an riaghladh aig ìre nàiseanta (faic dealbh 9).

19. Tha an Achd a' comasachadh gun tèid co-dhùnaidhean a dhèanamh air cùisean ma seach taobh a-staigh frèam nàiseanta farsaing, a nì cinnteach gun urrainnear feart a thoirt air iomadachd stòrasan Oighreachd a' Chrùin Alba.

---

<sup>4</sup> Oighreachd a' Chrùin Alba: [www.crownstatescotland.com](http://www.crownstatescotland.com)

<sup>5</sup> Bile Oighreachd a' Chrùin Alba 2018: [www.parliament.scot/parliamentarybusiness/Bills/107415.aspx](http://www.parliament.scot/parliamentarybusiness/Bills/107415.aspx)

## **A' cruthachadh a' Phlana Stiùiridh Ro-innleachdail gus am bi e a rèir amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean nas fharsainghe**

20. Tha am Plana seo a' cur riatanas air Ministearan na h-Alba Plana ullachadh airson amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean a stèidheachadh a thaobh stiùireadh na h-oighreachd agus a' dèanamh sgrùdadh air mar a tha iad seo a rèir nan amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean eile aig Ministearan na h-Alba. Faodaidh fiosrachadh eile mu Oighreachd a' Chrùin Alba agus a stiùireadh a bhith anns a' Phlana mar a chì Ministearan na h-Alba iomchaidh.

21. Feumaidh am manaidsear aig aon no barrachd stòras aig Oighreachd a' Chrùin Alba feart a thoirt air a' Phlana agus iad ag ullachadh Plana Corporra no Stiùiridh<sup>6</sup> agus nuair a tha iad a' cleachdadh foincseanan stiùiridh.

23. 'S e Oighreachd a' Chrùin Alba a tha a' stiùireadh nan stòrasan uile aig Oighreachd a' Chrùin Alba aig an àm seo. Chaidh sgrìobhadh a' Phlana a cho-òrdanachadh le ullachadh Plana Corporra Oighreachd a' Chrùin Alba 2020-2023<sup>7</sup>.

24. Thèid feart a thoirt air a' Phlana agus air Plana Corporra Oighreachd a' Chrùin Alba gus Plana Gnìomhachais fa leth ullachadh airson gach bliadhna ionmhais a bhios a' gabhail a-steach nan rudan a leanas:

- Adhbhar agus prìomh amasan Oighreachd a' Chrùin Alba;
- Prìomh amasan agus slatan-tomhais coileanadh co-cheangailte airson beatha a' Phlana, an ro-innleachd airson a bhith a' coileanadh nan amasan sin agus mar a chuireas iad sin ri bhith a' cur an gnìomh prìomh amas Riaghaltas na h-Alba agus mar a tha iad a rèir an Fhrèam-obrach Coileanadh Nàiseanta; agus
- Slatan-tomhais airson a bhith a' measadh adhartas.


25. San àm ri teachd, feumaidh manaidsear sam bith aig stòras aig Oighreachd a' Chrùin Alba Plana Stiùiridh den aon seòrsa a sgrìobhadh.

---

<sup>6</sup> Bidh Oighreachd a' Chrùin Alba ag ullachadh Plana Corporra ach bidh na manaidsearan eile a' cruthachadh Planaichean Stiùiridh.

<sup>7</sup> Gheibhear plana Oighreachd a' Chrùin Alba aig [www.crownstatescotland.com](http://www.crownstatescotland.com)

Dàimhean eadar am Plana Stiùiridh Ro-innleachdail, poileasaidhean nas fharsainge aig Riaghaltas na h-Alba agus Oighreachd a' Chrùin Alba



**Dealbh 4:** An dàimh eadar am Plana Stiùiridh Ro-innleachdail, poileasaidhean nas fharsainge agus planaichean eile

### Co-thaobhadh amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean

26. Tha riatanas ann gum bi am Plana a' dèanamh sgrùdadh air mar a tha na h-amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean airson Oighreachd a' Chrùin Alba a rèir nam amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean eile aig Ministearan na h-Alba.

27. Chaidh na h-amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean a chruthachadh gus tuilleadh adhartais a chur an comas a thaobh ath-leasachadh Oighreachd a' Chrùin Alba, agus aig an aon àm a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil iad a rèir nan amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean nas fharsainge aig Ministearan na h-Alba.

28. Tha na h-amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean airson Oighreachd a' Chrùin na h-Alba a' co-thaobhadh ris a' phrògram nas fharsainge a tha san Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta (NPF) ach is urrainn dhaibh cuideachd cur gu mòr ris na h-amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean nas fharsainge seo thar raon de ghnìomhachdan (faic Leas-phàipear B). Tha farsaingeachd de dhiofar cheanglaichean eadar am Plana agus prìomhachasan eile, a' gabhail a-steach na freagairt againn do shuidheachadh èiginneach cruinneil na gnàth-shìde, a bhith a' libhrigeadh prionnsabalan an NPF, a' libhrigeadh a' Phlana Mara Nàiseanta, a' coileanadh Ro-innleachd an Lùths agus na h-obrach air Ath-leasachadh an Fhearainn agus gus cur ri cumhachd dhan coimhearsnachd.

## Oighreachd a' Chrùin Alba - Roinnean agus Gnìomhan



**Dealbh 5:** Oighreachd a' Chrùin Alba – Roinnean agus Gnìomhan

29. Tha na h-earrannan a leanas a' sealltainn mar a tha na h-amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean a rèir - agus a' cur gu mòr ri - amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean Ministearan na h-Alba, ag aithneachadh gum feumar beachdachadh air na cothroman agus buannachdan sònraichte a tha an lùib gach cùis air stèidh fa leth agus a rèir an frèam-obrach laghail airson Oighreachd a' Chrùin Alba.

## Leasachadh seasmhach

30. Chaidh leasachadh seasmhach a mhìneachadh ann an iomadh diofar dhòigh, ach tha am mìneachadh as cumanta ann an Our Common Future, no Aithisg Brundtland<sup>8</sup>:

“Is e a th’ ann an leasachadh seasmhach ach leasachadh a bhios a’ coileanadh feumalachdan an latha an-diugh, gun a bhith a’ toirt droch bhuaidh air a’ chomas aig ginealaichean ri teachd na feumalachdan aca fhèin a choileanadh.”

31. Tha na Dùthchannan Aonaichte air sreath de dh’amasan airson Leasachadh Seasmhach a shuidheachadh <sup>9</sup>. Tha na ‘h-amasan cruinneil’ agus na targaidean seo nam pàirt de fhrèam-obrach coileanaidh a chaidh aontachadh gu h-eadar-nàiseanta.

32. Tha Riaghaltas na h-Alba air rùnachadh Amasan an Leasachaidh Sheasmhaich a chur an gnìomh agus tha e air an NPF a chruthachadh aig a bheil na h-aon amasan. Tha fòcas san NPF air cur an aghaidh neo-ionannachd gus nach tèid dearmad a dhèanamh air duine sam bith ann an Alba agus sinn ag obair còmhla gus na h-amasan a choileanadh.

33. Tha Ministearan na Alba a’ gabhail ris nach eil na 17 Amasan Leasachaidh Seasmhach uile aig na Dùthchannan Aonaichte a’ buntainn gu dìreach ri stòrasan Oighreachd a’ Chrùin Alba a chionn ’s gu bheil iad cho eadar-mheasgte. Ach, tha an raon eadar-mheasgte de thogalaichean, chòraichean agus ùidhean a’ gabhail a-steach fearann dùthchail, sealbh bailteil agus còraichean cladaich is mara a’ toirt cothrom do dh’Oighreachd a’ Chrùin Alba cur gu mòr ri libhrigeadh an NPF. Thèid na stòras a stiùireadh ann an dòigh a chuireas ris na h-amasan farsaing sin chun na h-ìre as motha.

34. Tha Ministearan na h-Alba air na cumhachdan agus na dleastanasan a thaobh stiùireadh Oighreachd a’ Chrùin Alba ath-leasachadh tron Achd, a tha a’ cur an cèill gum feum am manaids ear aig stòras Oighreachd a’ Chrùin Alba na rudan a leanas a ghlèidheadh is a bhith a’ feuchainn ri cur riutha:

- (a) luach nan stòrasan; agus
- (b) an teachd a-steach bhuapa.

Ann a bhith a’ coileanadh an dleastanas sin, feumaidh am manaids ear:

- (a) a bhith ag obair anns an dòigh as fheàrr gus leasachadh seasmhach a bhrosnachadh ann an Alba; agus
- (b) feuchainn ris na stòrasan a stiùireadh ann an dòigh a tha buailteach cur ri brosnachadh no leasachadh nan rudan a leanas ann an Alba:
  - (i) leasachadh eaconomach,
  - (ii) ath-bheothachadh,
  - (iii) leas sòisealta,
  - (iv) leas na h-àrainneachd


<sup>8</sup> Aithisg Brundtland <https://sustainabledevelopment.un.org/content/documents/5987our-common-future.pdf>

<sup>9</sup> Amasan Leasachaidh Seasmhach nan Dùthchannan Aonaichte <https://www.un.org/sustainabledevelopment/sustainable-development-goals/>

35. Mar sin, tha seasmhachd na phrionnsabal farsaing ann an stiùireadh nan stòrasan a tha a' tighinn fo sgèith na h-Achd. Tha a h-uile seòrsa seasmhachd (mar eisimpleir leasachadh eaconomach, ath-bheothachadh, leas sòisealta agus leas àrainneachdail) a cheart cho cudromach agus thathar an dùil gum bi iad a' dol còmhla, mar eileamaidean de sheasmhachd iomlan a dh'fhaodas suidhe còmhla no leotha fhèin. Tha Ministearan na h-Alba ag aithneachadh gum faodadh aon no barrachd dhiubh a bhith a' nochdadh barrachd comas leasachaidh na an fheadhainn eile mar phàirt de bheachdachadh nas fharsainge air suidheachadh fa leth.

36. Bidh gach co-dhùnadh air seasmhachd air leth, a' crochadh air dè seòrsa stòras a thathar a' stiùireadh, far a bheil e suidhichte, agus suidheachadh sònraichte an stòrais seo, cho math ri factaran nas fharsainge, a' gabhail a-steach ìrean cleachdaidh is iarrtais airson an stòrais agus cugallachd àrainneachdail an stòrais.

37. Tha grunn eisimpleirean àrd-ìre air an toirt seachad gu h-ìosal gus sealltainn mar a tha amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean airson Oighreachd a' Chrùin Alba a rèir, agus mar as urrainn dhaibh cur ris, na h-amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean air leasachadh eaconomach, ath-bheothachadh, leas sòisealta agus leas àrainneachdail.



**Dealbh 6:** Eisimpleirean a dh'fhaodadh a bhith ann gus leasachadh seasmhach a bhrosnachadh tro bhith a' stiùireadh stòrasan aig Oighreachd a' Chrùin Alba

Tha Ministearan na h-Alba ag aithneachadh cùis air chùis gun dòcha gum bi prìomh amasan aig gnìomhan a nithear san àm ri teachd ach tha iad ag aithneachadh gur dòcha gun tèid buannachdan eile a lìbhrigeadh cuideachd. Tha Ministearan na h-Alba air beagan eisimpleirean de phrìomh bhuannachdan a dh'fhaodadh a bhith ann a toirt seachad (mar eisimpleir a-mhàin).



### Leas Sòisealta:

38. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach a leithid de nithean ann an leasachaidhean dìreach no a bhith a' cruthachadh chothroman a tha nam pàirt de Oighreachd a' Chrùin Alba. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach, ach chan ann a-mhàin, na leanas mar eisimpleir:

- A bhith a' leasachadh gu dìreach no a' cruthachadh sheirbheisean ionadail agus bun-structar sònraichte sa gheàrr-ùine no san fhad-ùine (m.e. seirbheisean/bun-structar leithid taigheadas sòisealta, cumhachd, ruigsinneachd air fiosrachadh, goireasan cur-seachad no a bhith a' solarachadh no a' leasachadh ghoireasan agus sheirbheisean ionadail eile) a tha a' cur ri sunnd choimhearsnachdan no sunnd dhaoine fa leth a tha a' fuireach air fearann a tha mar pàirt de dh'Oighreachd a' Chrùin Alba;
- Na tha e a' cur ri lùghdachadh ana-cothrom sòisealta sa choimhearsnachd (m.e. tha am moladh a' brosnachadh ghnìomhan a tha a' gabhail a-steach com-pàirteachadh le daoine sa choimhearsnachd agus a tha mar sin a' cruthachadh coimhearsnachd nas treasa, nas beothaile agus nas soirbheachaile);
- Gnìomhachdan as urrainn daoine cuideachadh gus beatha nas fhallaine a bhith aca tro chothrom fhaighinn air cur-seachadan no bhith a' gabhail pàirt san àrainneachd nàdarra aca;
- A' lùghdachadh neo-ionannachd - tha seo a' ciallachadh a bhith a' dèiligeadh ri bochdainn no ana-cothrom sòisealta agus le cùisean co-cheangailte eile, leithid duilgheadasan slàinte, droch thaigheadas agus dìth cothrom air cosnadh, seirbheisean agus goireasan cur-seachad;
- A' leasachadh no a' glèidheadh gu dìreach leas cultarach agus eachdraidh aig a' chomann-shòisealta no aig buidhnean fa leth (a' gabhail a-steach làraichean eachdraidheil) airson ginealaichean ri teachd; no
- A' lùghdachadh neo-ionannachd tro bhith a' cur ri iomadachadh, agus a' cur ri com-pàirteachadh ann am pròiseactan agus gnìomhachdan coimhearsnachd.

### Leas na h-Àrainneachd:

39. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach a leithid de nithean ann an leasachaidhean dìreach no a bhith a' cruthachadh chothroman a tha nam pàirt de dh'Oighreachd a' Chrùin Alba. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach, ach chan ann a-mhàin, na leanas mar eisimpleir:

- A' cur aghaidh air buaidh atharrachadh na gnàth-shìde tro bhith a' leasachadh ath-cuairteachadh no a bhith a' lùghdachadh sgudal no plastaig anns na stòrasan aig muir no air tìr, a' gabhail a-steach a bhith a' brosnachadh ghnìomhachdan stiùiridh a tha a' cuideachadh gus aghaidh a chur air atharrachadh na gnàth-shìde agus gus an lorg carboin againn a lùghdachadh;
- A' cur ris a' chleachdadh sheasmhach de na stòrasan talmhainn, cladaich no air grunn na mara (m.e. a bhith a' cur ri seasmhachd àrainneachdail ionadail, stiùireadh nas fheàrr de dh'fhearann, cladach agus grunn na mara, leasachaidhean air an fhearann agus àrainneachd na mara agus msaa);
- A' cur ri no a' leasachadh tobraichean eile de lùths ath-nuadhachail uaine eile, a lughdaicheas eisimeileachd air connadh fosail;
- A' cruthachadh no a' leasachadh ghoireasan airson muinntir an àite agus airson luchd-tadhail a thaobh ruigsinneachd, eadar-mhìneachadh agus foghlaim;

- A' cur ri stòrasan nàdarra, fiadh-bheatha no àrainnean (m.e. tro bhith a' leasachadh coilltean, a' cur an gnìomh no a' cur ri Plana Gnìomh Àrainn, Plana Gnìomh Bith-iomadachd no Plana Mara agus msaa);
- Ath-bheothachadh agus a' cruthachadh sgìre nas fheàrr airson a bhith a' fuireach agus ag obair ann, mar eisimpleir tro bhith a' toirt seachad taigheadas ùr, a' cleachdadh togalaichean no fearann a bha falamh no bàn aon uair eile, a' cur ri ruigsinneachd air seirbheisean agus ri goireasan sòisealta is cur-seachad, a' leasachadh àrainneachd na mara is mar sin air adhart;
- Gnìomhan a tha a' cur ri bhith a' dìon no a bhith a' brosnachadh fiadh-bheatha ionadail, no tro bhith ag ath-fhiadhachadh no a' dìon àrainn(ean) mara agus pìosan de dh'fhearann nàdarra;
- Is urrainn stiùireadh chòraichean co-cheangailte ri aibhnichean, tuathanasan, coilltean, costa agus grunn na mara cur ri gnìomhan a tha a dhìth san àm ri teachd gus stad a chur air call bith-iomadachd ann an Alba agus gus eag-shiostaman fallain a thoirt air ais; ag adhartachadh a' chalpa nàdarra againn; a' lughdachadh sgaoilidhean gas an taigh-ghlainne agus truailleadh èadhair, agus truailleadh sgudail is sgaoilte ann an cùrsaichean uisge;
- Is urrainn leudachadh, dìon agus cur ri coilltearachd a bhith a' toirt seachad buannachdan eaconamach, sòisealta no àrainneachdail nas motha; no
- A' cruthachadh mholaidhean as urrainn taic a chumail ri tuathanaich màil gus na cleachdaidhean aca atharrachadh gus dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-shìde.

### Leasachadh eaconamach

40. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach a leithid de nithean ann an leasachaidhean dìreach no a bhith a' cruthachadh chothroman a tha nam pàirt de Oighreachd a' Chrùin Alba. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach, ach chan ann a-mhàin, na leanas mar eisimpleir:

- A' sgrùdadh a' chomais a bhith a' gabhail a-steach factaran mar sin anns na slatan-tomhais airson cuairtean lìosaidh, co-dhùnaidhean maoineachaidh agus gnìomhan eile no ann an cumhachan fàbharach airson aontaidhean-màil ma thèid feartan soirbheachais sònraichte airson buannachd nas fharsainghe a choileanadh;
- Brosnachadh no riaghladh nan stòrasan ann an dòigh a tha a' cruthachadh obraichean ùra no a tha a' dìon obraichean a th' ann mar-thà (m.e. air am fastadh gu dìreach/gu neo-dhireach, cothroman trèanaidh, a' toirt barrachd obair do ghnìomhachasan a th' ann mar-thà agus/no a' toirt taic do chruthachadh ghnìomhachasan ùra);
- Leasachaidhean gus piseach a thoirt air a' bhun-structair còmhdhail ionadail gus cuideachadh le leasachadh seasmhach fad-ùine ann an coimhearsnachdan, agus gus fuasglaidhean còmhdhail eile a chruthachadh gus fàs seasmhach agus gluasad seasmhach a chur an comas ann an coimhearsnachdan ionadail;
- Ag iomadachadh bunait eaconamach na sgìre le bhith a' toirt a-steach gnìomhan ùra (m.e. a' cruthachadh roinnean ùra leithid lùths ath-nuadhachail; a' cur luach ri biadh no toraidhean fiodha ionadail, no gnìomhan ùra stèidhichte air a' mhuir taobh a-staigh na h-eaconamaidh ghuir);
- A' toirt teachd a-steach ùr a-steach do choimhearsnachd ann an àiteachan a tha ceangailte ri, no a tha nam pàirt de dh'Oighreachd a' Chrùin, a chuireadh stad air call teachd a-steach bhon choimhearsnachd;
- Leasachadh a chuireas ri leasachaidhean bun-structair san sgìre, no a bhith a' dealbhadh no a' cruthachadh àiteachan gus pàirt a ghabhail san t-saoghal nàdarra; no

- Molaidhean a chuireas ri àrdachadh san teachd-a-steach a thig bhon stòras no bho fhàs iomlan ann an calpa Oighreachd a' Chrùin, a chuireas ri tabhartasan dhan SCF no a bheir calpa a bharrachd a-steach a ghabhas cleachdadh gus cur ri leas eaconamach, sòisealta no àrainneachd.

### Ath-bheothachadh:

41. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach a leithid de nithean ann an leasachaidhean dìreach no a bhith a' cruthachadh chothroman a tha nam pàirt de dh'Oighreachd a' Chrùin Alba. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach, ach chan ann a-mhàin, na leanas mar eisimpleir:

- A' sgrùdadh a' chomais a bhith a' gabhail a-steach factaran mar sin anns na slatan-tomhais airson cuairtean màil, co-dhùnaidhean maoineachaidh agus gnìomhan eile no ann cumhachan fàbharach airson aontaidhean-màil ma thèid feartan soirbheachais sònraichte airson buannachd nas fharsainge a choileanadh;
- Cothroman iomchaidh airson coimhearsnachdan ath-bheothachadh, mar eisimpleir, le bhith a' toirt fearann no togalaichean nach eil air an cleachdadh gu leòr air ais gu cleachdadh tarbhach, agus a' toirt seachad no a' leasachadh sheirbheisean airson buannachd na coimhearsnachd ionadail, na coimhearsnachd san fharsaingeachd no na h-àrainneachd;
- A' cumail taic ri buidhnean ionadail gus sealbh no stiùireadh stòrasan a ghabhail os làimh, mar eisimpleir togalaichean no talamh, cladach agus grunn na mara gus buannachd a thoirt dhan choimhearsnachd air fad agus dhan àrainneachd; no
- A' cuideachadh dhaoine gus gnìomhan a cho-òrdanachadh agus gus aghaidh a chur air dùbhlain ann an àiteachan tro phròiseactan co-cheangailte ri no mar phàirt de dh'Oighreachd a' Chrùin Alba, a bhios a' libhrigeadh cruth atharrachadh le deagh bhuilean a thaobh ath-bheothachadh.

### A' libhrigeadh bhuannachdan

42. Nuair a thathar a' beachdachadh air cothroman gus nas lugha na luach a' mhargaidh iarraidh airson lios, reic no aonta eile gus leasachadh seasmhach a chur air adhart no gus cur ri leasachadh eaconamach, ath-bheothachadh, leas sòisealta agus leas àrainneachd, feumaidh manaidsear:

- Dèanamh cinnteach gun tèid na buannachdan a libhrigeadh airson Alba, an dàrna cuid aig an ìre nàiseanta, airson roinn den eaconamaidh, no aig ìre coimhearsnachdan ionadail, a rèir riaghailtean taic-stàite iomchaidh;
- A bhith comasach air dearbhadh carson a cho-dhùin iad seo a dhèanamh, agus clàr a chumail den fhianais a chaidh a chleachdadh gus co-dhùnaidhean a dhèanamh, a' gabhail a-steach seòrsa agus meud nam buannachdan nas fharsainge ris a bheilear an dùil; agus
- Feart a thoirt air a' bhuidhe a dh'fhaodadh e a thoirt air luach Oighreachd a' Chrùin Alba air fad ma nithear an tar-ghlusad buntainneach air nas lugha na luach a' mhargaidh.

43. Airson liosan a chaidh a thoirt seachad bu chòir do mhanaidsear sùil a chumail air, agus measadh a dhèanamh gu cunbhalach air, libhrigeadh nam buannachdan farsaing ris a bheil dùil a tha an stòras a' libhrigeadh mar thoradh air aontachadh ri tar-ghlusad air nas lugha na luach a' mhargaidh.

44. Chan fhaodar na cumhachdan ann an Earrann 7 agus 11 den Achd (faic Leas-phàipear D) a bhith air an cleachdadh airson leas neach, teaghlach no companaidh fa leth.

## A' Lìbhrigeadh na Lèirsinn

45. Tha tiomnadh chumhachdan air stiùireadh Oighreachd a' Chrùin Alba air cothroman nach beag a chruthachadh airson coimhearsnachdan ionadail agus airson gnìomhachas. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' cur ris na buannachdan ionmhasail, sòisealta, eaconamach agus àrainneachdail a gheibh sinn bho na stòrasan, agus a bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid co-dhùnaidhean a dhèanamh ann an Alba, stèidhichte air prìomhachasan Albannach ann an dòigh thrìd-shoilleir agus in-ghabhalach.

46. Tha Ministearan na h-Alba air lèirsinn a chruthachadh airson Oighreachd a' Chrùin Alba a tha stèidhichte air na prionnsabalan a leanas:

“Tha Oighreachd a' Chrùin Alba air a stiùireadh ann an dòigh a tha seasmhach, cùramach agus cothromach, soilleir agus in-ghabhalach, gus buannachdan ionmhasail a thoirt cho math ri buannachdan sòisealta, eaconamach agus àrainneachdail fad-ùine a libhrigeadh do dh'Alba agus a coimhearsnachdan.”

47. Gus taic a chumail ris an lèirsinn againn, tha sinn air sreath de dh'amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean a chruthachadh a thaobh Oighreachd a' Chrùin Alba a dh'fheumas am Plana seo a libhrigeadh thairis air an ath chòig bliadhna. Tha an t-adhbhar agus am frèam-obrach laghail airson Oighreachd a' Chrùin Alba air amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean a thaobh Oighreachd a' Chrùin Alba fhiosrachadh ach chaidh iad sin a dhealbadh cuideachd gus a bhith a rèir agus a' cur ri amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean farsaing aig Ministearan na h-Alba a' gabhail a-steach cothroman gus taic a thoirt dhan NPF.

48. Tha am Plana a' cur air adhart mar a tha stiùireadh Oighreachd a' Chrùin Alba a' cur ris a' phrìomh amas aig Riaghaltas na h-Alba agus mar a bhios e a' togail air na poileasaidhean a chaidh a stèidheachadh tron Achd agus tro dhleastanasan làithreach. Tha am Plana a' togail air poileasaidhean sònraichte aig Riaghaltas na h-Alba a tha a' buntainn ri stiùireadh Oighreachd a' Chrùin Alba cuideachd. Leanaidh Ministearan na h-Alba orra a' toirt aire do na geallaidhean a tha ann mar-thà ann am poileasaidh agus dèanamh cho-dhùnaidhean agus brosnachaidh iad an fheadhainn a bhios a' dèanamh cho-dhùnaidhean a tha a' toirt buaidh air Oighreachd a' Chrùin Alba gus an aon rud a dhèanamh.

49. Tha am Plana a' toirt seachad stiùireadh ro-innleachdail airson a bhith a' stiùireadh Oighreachd a' Chrùin Alba agus bidh e cuideachd na phrìomh phuing iomraidh air feadh Riaghaltas na h-Alba agus nas fhaide air falbh. Mar sin cuidichidh e gus dèanamh cinnteach gum toir lèirsinn is amasan coitcheann a thaobh riaghladh seasmhach buaidh air co-dhùnaidhean a thaobh riaghladh Oighreachd a' Chrùin, agus mar sin gun dèan e am feum as fheàrr den stòras gus fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach a choileanadh.

## Amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean

50. Tha 22 amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean ann gus an lèirsinn a chur an gnìomh. Tha iad sin air an òrdachadh a rèir cuspair anns na trì earrannan a leanas.

### CUSPAIR 1: A' LÌBHRIGEADH BHUANNACHDAN AGUS A' COILEANADH CHOTHROMAN

Tha na h-amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean a leanas stèidhichte air a bhith a' Lìbhrigeadh Bhuanachdan agus a' Coileanadh Chothroman.



**Bu chòir stòrasan Oighreachd a' Chrùin Alba a bhith air an riaghladh airson buannachd na h-Alba agus nan coimhearsnachdan, le luach margaidh ga phàigheadh airson reic no liosan, ach a-mhàin mas urrainn do mhanaidsear an stòrais dearbhadh gun tèid buannachdan nas fharsainge a lìbhrigeadh air sgèile co-ionann.**

51. Tha e cudromach gun cumar luach calpa Oighreachd a' Chrùin Alba agus an comas aice gus teachd-a-steach a dhèanamh leis gu bheil e leis a' Mhonarc agus leis gun deach am meall-grant aig Riaghaltas na h-Alba a lughdachadh le suim a bhathar a' meas co-ionann ris an teachd-a-steach lom bho na stòrasan anns a' bhliadhna mus deach a gluasad. Tha e cudromach gun tèid na stòrasan aig Oighreachd a' Chrùin Alba a stiùireadh airson leas na h-Alba, le cothrom airson buannachdan ionadail cuideachd.

52. Tha prionnsapal na sgèile co-ionann ann gus aithneachadh gu bheil e comasach nas lugha na luach a' mhargaidh iarraidh, ach gu bheil e cudromach gum bu chòir buannachd ionmhasail a thèid a chall le Oighreachd a' Chrùin mar thoradh air seo a bhith air a cothromachadh no air a cur ris le buannachdan nas fharsainge a bharrachd air sgèile co-ionann no gum bi buannachd lom ann mar thoradh air reic no cleachdadh sam bith den stòras air nas lugha na luach a' mhargaidh. Bu chòir do mhanaidsearan beachdachadh - agus sealltainn - gu bheil na buannachdan neo-airgeadach a thig mar thoradh air tar-ghnìomh (transaction) air nas lugha na luach a' mhargaidh co-ionann no nas motha na an teachd-a-steach no calpa a chaidh a leigeil seachad mar thoradh air an tar-ghnìomh. Bu chòir an cothrom na buannachdan farsaing sin fhaighinn a bhith a cheart cho cinnteach ris na buannachdan ionmhasail a chailleadh gus na buannachdan sin a choileanadh.

53. Bu chòir manaidsear beachdachadh air a bhuaidh a bhiodh ann air luach calpa iomlan na h-oighreachd ma nithear co-dhùnadh nas lugha na luach na mhargaid iarraidh. Mar eisimpleir, is dòcha nach toir reic pìos bheag den chladach dhan choimhearsnachd ionadail airson nas lugha na luach a' mhargaidh buaidh mhòr air luach calpa Oighreachd a' Chrùin ann an Alba gu h-iomlan ach dh'fhaodadh gun adhbharachadh e buannachdan leasachaidh seasmhach fad-ùine nas fharsainge dhan choimhearsnachd ionadail.

54. Nuair a dh'aontaicheas manaidsearan ri stòrasan a liosadh no a reic air nas lugha na luach a' mhargaidh gus buannachdan nas fharsainge fhaighinn, tha Ministearan na h-Alba den bheachd gu bheil e cudromach gum bi manaidsearan a' taobhadh ri pròiseactan agus buannachdan fad-ùine a dh'fhaodadh a bhith fèin-sheasmhach, agus dhan fheadhainn nach bi feumach air taic ionmhasail bho mhanaidsearan eile aig Oighreachd a' Chrùin Alba san àm ri teachd. Mar as trice, cha bu chòir nas lugha na luach a' mhargaidh iarraidh ach a-mhàin mur h-eil buaidh shusbainteach gu bhith aig seo air luach no teachd a-steach Oighreachd a' Chrùin Alba.



**Gus na buannachdan a thoirt gu buil, agus mar chomharra gun dh'fhuaras cuid de dh'fhearann is de shealbh thar ùine airson adhbharan tasgaidh sònraichte, tha e coltach gun tèid cuid de stòrasan no pàirtean de stòrasan a reic thairis air còig bliadhna a' Phlana, gu sònraichte fearann no costa mar fhreagairt air iarrtasan airson adhbharan leas poblach no cothroman gus luach a mheudachadh do dh'Alba, ag aithneachadh gu bheil grunn na mara na stòras ro-innleachdail nàiseanta nach eil Ministearan na h-Alba a bhriseadh an àird.**

55. Gus luach calpa agus teachd-a-steach a chumail suas agus àrdachadh, agus gus tasgaidhean a dhèanamh san àm ri teachd gus buannachdan nas fharsainge fhaighinn, a' gabhail a-steach leas àrainneachdail, tha Ministearan na h-Alba a' gabhail ris gum feumar pàirtean de dh'Oighreachd a' Chrùin Alba a reic bho àm gu àm.

56. Tha nàdar chuid de na stòrasan no nan ullachaidhean riaghlaidh air an son san àm ri teachd a' ciallachadh gur dòcha nach bi e freagarrach an reic. Mar thoradh air an nàdar sònraichte aig cuid de na stòrasan aig Oighreachd a' Chrùin Alba, cha bhiodh dìreach aon dòigh-obrach a thaobh reicean iomchaidh. Dh'fhaodte gum biodh e na b' fheàrr grunn na mara agus cuid de na stòrasan aig Oighreachd a' Chrùin Alba a chumail taobh a-staigh Oighreachd a' Chrùin Alba agus an riaghaladh aig an ìre nàiseanta.

57. Gus nach tèid a bhriseadh ann an earrannan, feumar cead bho mhinistear airson a bhith a' cuidhteachadh phìosan de grunn na mara. Tha cead a dhìth cuideachd nuair a tha manaidsear airson an stòras mu dheireadh ris a bheil iad an urra a reic. Gus taic a thoirt do cho-dhùnaidhean mar seo, bidh cùis gnìomhachais a dhìth air Ministearan na h-Alba agus dh'fhaodte gun tèid stiùireadh a chruthachadh air na tha a dhìth.

58. Bu chòir dhan mhanaidsear aig stòras aig Oighreachd a' Chrùin Alba aig a bheil cumhachdan a bhith a' cuidhteachadh stòrasan agus a bhith a' faighinn stòrasan ùra Ro-innleachd Tasgadh a chur anns a' Phlana Chorporra no anns a' Phlana Riaghlaidh aca gus an urrainn do luchd-ùidh beachdan a nochdadh mu na reicean a tha san amharc. Thathar ag aithneachadh gum faodadh cothroman airson reic no ceannach èirigh aon uair 's gu bheil plana air a chrìochnachadh.



**Bu chòir do Ro-innleachdan agus Planaichean airson stòrasan Oighreachd a' Chrùin Alba beachdachadh air na cothroman airson buannachdan a thoirt do choimhearsnachdan eileanach agus thèid measadh air na buaidhean a dh' fhaodadh a bhith ann a dhèanamh mar a tha riatanach fo Achd nan Eilean 2018.**

59. A rèir Achd Oighreachd a' Chrùin Alba, feumaidh manaidsear aig aon no barrachd stòras aig Oighreachd a' Chrùin Alba Plana Corporra no Plana Stiùiridh ullachadh mu na stòrasan. Tha Planaichean Stiùireadh nam pàirt cudromach den fhrèam-obrach airson sgrùdadh poblach air na manaidsearan. Cuiridh na planaichean seo an cèill mar a bhios am manaidsear a' stiùireadh an stòrais thairis air àm trì bliadhna. Gu sònraichte, mar a tha am manaidsear am beachd an dleastanas a choileanadh gus luach stòrasan Oighreachd a' Chrùin Alba a chumail suas agus àrdachadh, agus dè na planaichean a th' aig a' mhanaidsear a thaobh faighinn cuidhteas stòras sam bith aig Oighreachd a' Chrùin Alba rè ùine a' phlana.

60. Tha Achd nan Eilean (Alba) 2019 a' cur dleastanas air ùghdarrasan buntainneach measadh buaidh a dhèanamh nuair a bhios iad a' cruthachadh, ag ath-leasachadh agus a' libhrigeadh poileasaidh, ro-innleachd no seirbheis, nuair a tha coltas ann gum bi buaidh gu math eadar-dhealaichte aige air coimhearsnachd eileanach an coimeas ri

coimhearsnachdan eile ann an Alba (a' gabhail a-steach choimhearsnachdan eileanach eile a bharrachd air coimhearsnachdan neo-eileanach).

61. Tha na h-ùghdarrasan iomchaidh air am mìneachadh ann an Achd nan Eilean agus tha iad a' gabhail a-steach Ministearan na h-Alba, Oighreachd a' Chrùin Alba agus ùghdarrasan ionadail. Far a bheil manaidsèar an urra ri stòras ann an gin de na coimhearsnachdan eileanach, thathar an dùil gum bi ceumannan anns gach Plana Corporra no Plana Riaghlaidh a dheasaicheas manaidsèar stòras aig Oighreachd a' Chrùin Alba, a tha na h-ùghdarras buntainneach, gus taic a chumail ri amas Riaghaltas na h-Alba dèanamh cinnteach gu bheil fòcas leantainneach air feadh Riaghaltas na h-Alba agus na roinne poblach air feumalachdan nan coimhearsnachdan eileanach a choileanadh.

62. Ma 's e is gun gabh buidhnean eile stiùireadh stòrais Oighreachd a' Chrùin os làimh san àm ri teachd ann an gin de na coimhearsnachdan eileanach, bithear an dùil gun libhrig am manaidsèar sin amasan a' mheasaidh a tha riatanach fo Achd nan Eilean. Bu chòir manaidsèar aig Oighreachd a' Chrùin Alba Plana Nàiseanta nan Eilean aithneachadh agus taic a chumail ri bhith ga chur an gnìomh mar as iomchaidh.



**Bu chòir do mhanaidsearan beachdachadh air a' chomas aca cur ri poileasaidhean nas fharsainge a thaobh ath-leasachadh fearainn agus cumhachd dhan coimhearsnachd le bhith a' tabhann chothroman gus na stòrasan sin a shealbhadh no a riaghladh gu dìreach, agus mar phàirt de ro-innleachdan gus beachdachadh air an luach nas fharsainge bho na stòrasan fearainn a bhith nam phàirt fhathast de dh'Oighreachd a' Chrùin Alba.**

63. Tha Ministearan na h-Alba dealasach mu bhith a' toirt air adhart cumhachdachadh coimhearsnachd a thaobh taobhan de chleachdadh fearainn agus seilbh. Chaidh a' phrìomh ghealltanais seo a thoirt a-steach do ghrunn phoileasaidhean agus ro-innleachdan nas fharsainge a chaidh a dhealbhadh gus an t-amas adhartachadh a bhith a' cumhachdachadh choimhearsnachdan. Tha na poileasaidhean seo a' gabhail a-steach:

- Ro-innleachd a thaobh Cleachdadh Fearainn;
- Aithris air Còraichean Fearainn is Com-pàirteachadh coimhearsnachd;
- Aithris air Còraichean is Dleastanasan Fearainn;
- Stiùireadh a tha air fhoillseachadh le Ministearan na h-Alba no buidhnean eile, leithid Coimisean Fearainn na h-Alba; agus
- Cothroman ùra airson cumhachd a thoirt dhan choimhearsnachd (tro Thar-ghlusad Stòrasan/Sgeama Còir-cheannaich Coimhearsnachd/Sgeama Tar-ghlusad Coille nas fheàrr).

64. Bu chòir manaidsèar a bhith fosgailte agus a bhith a' beachdachadh air na poileasaidhean farsaing gu h-àrd còmhla ri poileasaidhean agus ro-innleachdan ionadail iomchaidh agus a bhith follaiseach ann a bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean mu fhearann a tha na phàirt de dh'Oighreachd a' Chrùin Alba. Bu chòir manaidsèar a bhith ann an conaltradh leis na coimhearsnachdan ionadail aca nuair a bhios iad a' cur mholaidhean ri chèile co-cheangailte ri fearann, cladach agus grunn na mara. Mar an ceudna, bu chòir manaidsèar feart a thoirt air a' bhuidheann a dh'fhaodadh a bhith air luach iomlan Oighreachd a' Chrùin nuair a thathar ag ullachadh poileasaidhean a thaobh cumhachdachadh coimhearsnachd airson na h-oighreachd.

65. Tha Ministearan na h-Alba an dùil gum bi e na chleachdadh àbhaisteach gum bi manaidsèar aig stòras Oighreachd a' Chrùin Alba a' com-pàirteachadh leis na coimhearsnachdan aca. Nuair a gheibhear iarrtas bho bhuidheann coimhearsnachd gus

stòras a cheannach no a stiùireadh, bu chòir do mhanaidsear, gu h-àbhaisteach, na h-iarrtasan seo a chuideachadh gus am faigh a' coimhearsnachd buannachd. Bu chòir dhan mhanaidsear a' choimhearsnachd a chuideachadh le bhith a' cur a' mholaidh aca ri chèile le bhith a' toirt seachad cùl-fhiosrachadh aig ìre mhionaideach gu leòr agus aig an aon àm a bhith a' dìon dìomhaireachd luchd-gabhail agus fiosrachadh dìomhair eile.



**Ro 2025, tha e coltach gum bi an cothromachadh eadar gnìomhachd co-cheangailte ri riaghladh stòrasan cladaich is mara air fàs an taca ri stòrasan fearainn dùthchail, gus na cothroman ùra a th' ann a thoirt gu buil, ach tha e coltach gum bi mòran fearainn agus sealbh aig Oighreachd Crùn na h-Alba fhathast.**

66. Tha àrdachadh sam bith anns an teachd-a-steach no luach calpa iomlan aig Oighreachd a' Chrùn Alba na bhuanachd do dh'Alba.

67. Is dòcha nach bithear an dùil gun dèan eileamaidean den oighreachd àrdachadh mòr ann an teachd-a-steach no luach calpa bho 2020-25.

68. Mar eisimpleir, chan eil mòran comais àrdachaidh aig fearainn dùthchail an-dràsta. Ged a tha an ìre tillidh air a' chalpa a th' air a thasgadh anns na h-oighreachdan dùthchail ìosal aig an àm seo, tha buannachdan ionmhasail is neo-ionmhasail dhan choimhearsnachd ionadail, cho math ri buannachdan sòisealta agus buannachdan bun-structar is buannachdan dhan àrainneachd. Tha an tasgadh leantainneach ann an stòrasan dùthchail cuideachd a' toirt cothrom gus deagh chleachdadh ann an tuathanasan-màil a shealltainn; mar eisimpleir ged a tha e air a dhèanamh suas de theantantan àiteachais tèarainte sa mhòr-chuid, tha àite aig Oighreachd a' Chrùn Alba ann a bhith a' brosnachadh luchd-inntrigidh ùr, òg dhan ghnìomhachas.

69. Tha e coltach gun tog stòrasan no gnìomhan eile teachd a-steach a bharrachd eadar 2020-25. A thaobh nan stòrasan air a' chosta agus aig muir, tha raon de chothroman ann as fhiach barrachd ghnìomhachd:

- Gus na targaidean fad-ùine aig Alba a thaobh atharrachadh na gnàth-shìde a choileanadh, feumar an siostam lùths againn a dhì-charbonachadh cha mhòr gu tur ro 2050, le lùths ath-nuadhachail a' coileanadh deagh chuid de na feumalachdan againn.
- Cothrom air iomairtean ùra, leithid glacadh is stòradh carboin;
- Cothrom air pròiseactan gaoithe aig muir aig ìre choimeirsealta a bhith suidhichte taobh a-staigh nan àiteachan a tha air an comharrachadh anns a' phròiseas dealbhaidh mara; tha Cùisean Mara na h-Alba, mar Ùghdarras Dealbhaidh airson cuantan na h-Alba, a' cruthachadh Plana Gaoithe aig Muir a tha ag amas air na roghainnean as seasmhaiche a chomharrachadh airson leasachadh lùths gaoithe aig muir aig ìre choimeirsealta ann an Alba. Tha am Plana seo ag amas air cur ri coileanadh targaidean is amasan poileasaidh na h-Alba agus na RA a thaobh atharrachadh na gnàth-shìde.
- Tha Oighreachd a' Chrùn Alba na phrìomh bhuidheann ann an leasachadh seasmhach airson puirt, chalachan agus còmhdhail na mara ann an Alba. Tha cothrom ann gus cur ri com-pàirteachasan tasgaidh gus bun-structar nam port agus nan calachan a leasachadh;
- Tha Oighreachd a' Chrùn Alba a' toirt taic do dh'ùr-ghnàthachadh ann an tuathanas-uisge agus aig an àm seo tha e a' lìosadh timcheall air 750 làraichean do thuathanasan-èisg agus luchd-fàs maoraich gus iasg agus maorach fhàs agus gus ceadan a thoirt seachad airson a bhith a' buain feamainn gus dèanamh cinnteach gun leanar cleachdaidhean seasmhach;
- Cothroman gus taic a chumail ri libhrigeadh Ro-innleachd Nàiseanta na Turasachd agus gus cur ri bhith a' cruthachadh leasachaidhean seasmhach ùra de na marannan againn far am biodh lios air grunn na mara a dhith.



70. Chithear na cothroman seo ann an rannsachadh a rinn Oighreachd a' Chrùin Alba bho chionn goirid.

- Choimhead rannsachadh a choimisneanaich Oighreachd a' Chrùin Alba air suidheachaidhean co-cheangailte ri grunn diofar theicneòlasan ath-nuadhachail a' gabhail a-steach gaoth air fleod, cumhachd nan tonn agus na tìde-mhara. Rinn an rannsachadh anailis air mar a b'urrainn dhaibh taic a chumail ri prìomh ghniomhachasan, a' gabhail a-steach uisge-beatha agus tuathanachas a' bhradain ann an sgìrean cladaich. Tha an sgrùdadh a' mìneachadh a' chomais, airson dòigh-obrach nas ionadaile a thaobh cleachdadh lùths ath-nuadhachail aig muir ann an coimhearsnachdan cladaich is eileanach mar phàirt de ro-innleachd nas fharsainghe san àm ri teachd.
- Tha Oighreachd a' Chrùin Alba cuideachd air rannsachadh a mhaoineachadh leis an Ionad airson Poileasaidh Lùths ann an Oilthigh Shrath Chluaidh mu na cothroman eaconamach a dh'fhaodadh a bhith aig Alba ann a bhith ag adhartachadh Glacadh is Stòradh Carboin gus cuideachadh le bhith a' glèidheadh obraichean agus a' togail sèine solair, a' cuideachadh le 'eadar-ghluasad cothromach' gu eaconamaidh a tha net-zero a thaobh eimiseanan.

---

Eisimpleir: Cothroman a dh'fhaodadh a bhith ann co-cheangailte ri puirt, calachan agus còmhdhail mara

Tha còrr is 200 port ann an Alba, bho fheadhainn mòra coimeirsealta gu calachan beaga airson iasgach is cur-seachadan. Feumaidh puirt cumail orra ag atharrachadh agus a' leasachadh, gus taic a thoirt do mhalairt, ola is gas, iasgach agus turasachd cuairtean-mara, a bharrachd air a bhith a' leasachadh taic ath-nuadhachail.

Tha an lìonra as coileanta de sheirbheisean aiseig aig Alba ann an Iar Thuath na h-Eòrpa. Tha slighean glè eadar-dhealaichte ann, bho sheòlaidhean stèidhichte air bathar arterial a' ceangal Alba ri Èirinn a Tuath gu seirbheisean luchd-siubhail riatanach a tha a' cumail suas coimhearsnachdan eileanach.

Tha fèill mhòr air geataichean agus soithichean saor-làithean beaga agus tha comas mòr airson a bhith a' leasachadh roinn turasachd na mara agus a' chladaich. Tha Alba air thoiseach air a' chòrr den RA a thaobh cuairtean-mara a-steach, agus tha roinn nan cuairtean-mara misneachail gu bheil puirt na h-Alba gu bhith a' cur fàilte air na millean de luchd-siubhail gach bliadhna.

Airson nan cleachdaidhean seo uile, tha e coltach gum bi feum air lìosan air grunn na mara agus air aontaidhean dreideireachd airson leasachadh a bharrachd air na goireasan puirt is cala seo.

---

Eisimpleir: Cala Obar Dheathain

Bheir togail an leasachaidh £350 millean de ghoireasan a bharrachd ann am Bàgh Nigg aig Bòrd Cala Obar Dheathain, deas air a' chala làthaireach dhuinn am port as motha ann an Alba a thaobh àiteachan acarsaid.

Thathar an dùil gun cùm an leudachadh taic ri bhith a' cruthachadh 2,300 cosnadh ro 2026, a bharrachd air a bhith a' cruthachadh barrachd chothroman ann an obair dhì-choimiseanaidh, turasachd cuairtean-mara agus margaidh a' chumhachd ath-nuadhachail ann an Alba.

---



**Bu chòir manaidsèaran beachdachadh air a' chomas airson tasgaidhean a chuireas ri coileanadh Plana Atharrachadh Gnàth-shìde na h-Alba agus Plana Freagarrachaidh Atharrachadh na Gnàth-shìde, agus beachdachadh air a' chomas airson barrachd gnìomhachd tasgaidh a dhèanamh airson adhbhar ath-bheothachaidh airson leas coimhearsnachd no leas nàiseanta, a' gabhail a-steach fearann air a' chosta timcheall air puirt, calachan agus bun-structar eile, gus cothroman a thoirt gu buil airson Alba agus airson eaconamaidhean ionadail, agus gun tèid prìomhachas a thoirt do na tasgaidhean sin mar as trice seach tasgaidhean ann an sealbh malairteach ùra eile.**

71. Tha luach calpa de timcheall air £400 millean aig stòrasan Oighreachd a' Chrùin Alba aig an àm seo. Gabhaidh na stòrasan seo a chleachdadh ann an iomadh diofar dhòigh gus cur ris an obair againn air atharrachadh na gnàth-shìde, a' gabhail a-steach a bhith a' dì-charbonachadh gnìomhachas na h-Alba agus a bhith a' ruighinn net zero sgaoileadh gasaichean an taigh-ghlainne thairis air an ath chòig bliadhna agus nas fhaide air adhart. Mar eisimpleir, thèid cuidhteasan calpa bho reicean no bho ghnìomhachdan eile ath-thasgadh gus cur ri luach nan stòrasan no gus caiteachas calpa riatanach a mhaoineachadh anns na stòrasan. Tha prìomhachasan airson tasgadh calpa san àm ri teachd air am mìneachadh ann an Ro-innleachd Tasgaidh Oighreachd a' Chrùin Alba a tha mar phàirt den Phlana Chorporra aca airson 2020-23.

72. Is urrainn tasgadh ann an ath-bheothachadh choimhearsnachdan seasmhachd a bhrosnachadh agus a bhith na phrìomh phàirt ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil coimhearsnachdan ath-leumach, beothail agus soirbheachail. Mar phàirt de Ro-innleachd Tasgadh nas fharsainge, faodaidh manaidsèar Oighreachd a' Chrùin Alba cothroman a sgrùdadh agus a bhrosnachadh airson buidseatan a cho-thaobhadh tro ghnìomhachdan leasachaidh còmhla ri buidhnean eile, a' gabhail a-steach pròiseactan ath-beothachaidh cladaich. Faodaidh manaidsèar obrachadh le com-pàirtichean gus àiteachan prìomhachais a chomharrachadh airson tasgadh agus gus na seòrsaichean leasachaidh as fheàrr a chomharrachadh a choileanas na h-amasan ionmhasail, leasachadh seasmhach agus ath-bheothachaidh aca. Far a bheil e iomchaidh, faodaidh iad beachdachadh air leasachadh fearann falamh is trèigte gus luach calpa an fhearainn àrdachadh, gus an comas airson teachd-a-steach a choileanadh agus gus buannachdan sòisealta is eaconamach nas fharsainge a lìbhrigeadh do choimhearsnachdan ionadail agus nas fhaide air falbh. Bu chòir do mhanaidsearan beachdachadh cuideachd air ath-bheothachadh àrainneachdail gus buannachdan a thoirt do leas choimhearsnachdan a tha co-fhillte le ath-bheothachadh bun-structar ionadail.

73. Tha ath-bheothachadh air a stiùireadh leis a' choimhearsnachd aig cridhe Ro-innleachd Ath-bheothachaidh Riaghaltas na h-Alba<sup>10</sup> agus faodaidh manaidsèar stòras Oighreachd a' Chrùin Alba tasgadh a dhèanamh a bheir taic do dh'ath-bheothachadh fo stiùir coimhearsnachd a dh'fhaodadh a bhith a' gabhail a-steach na leanas mar eisimpleir:

- A' meudachadh àireamh agus neart nam buidhnean coimhearsnachd tionnsgalach a tha fo smachd ionadail;
- A' toirt taic do bhuidhnean ionadail gus stiùireadh stòrasan a ghabhail thairis, mar eisimpleir, fearann no cladach;
- A' cuideachadh dhaoine gus gnìomhan a cho-òrdanachadh agus gus freagairt ri dùbhlain;
- A' cuideachadh dhaoine gus na prìomhachasan san sgìre aca a chomharrachadh agus a chur an gnìomh; agus
- A' toirt seachad buannachdan nas fharsainge tro thasgadh mar eisimpleir, ath-nuadhachadh mòinteach, fearann coillteach dùthchasach agus cuideachd àrainnean carbon gorm a chuidicheas le bhith a' stòradh carbon agus a' cur ri lasachadh atharrachadh na gnàth-shìde.

<sup>10</sup> Ro-innleachd Ath-bheothachaidh Riaghaltas na h-Alba:

<https://www.gov.scot/publications/achieving-sustainable-future-regeneration-strategy/>

74. Gu sònraichte, leis gu bheil beagan nas lugha na 50% de dh'fhaid 18,000 km cladach na h-Alba fo shealbh a' Chrùin, faodaidh Oighreachd A' Chrùin Alba cur gu mòr ri ath-bheothachadh ann an sgìrean cladaich.

75. Is e eisimpleir de thasgadh airson adhbhar ath-bheothachadh airson buannachd coimhearsnachd no nàiseanta agus a tha cuideachd a' libhrigeadh amasan còmhdhail is turasachd a th' anns na pontùnaichean airson cleachdadh leis a' phoball a chaidh a chur a-steach ann am baile beag Dhùn Bheagain, san Eilean Sgitheanach, le Comann Mòraidh Dhùn Bheagain le taic bho Oighreachd a' Chrùin Alba. Chaidh na pontùnaichean a chur a-steach ann am meadhan a' bhaile mar phàirt de phrògram gus luchd-tadhail a thàladh.



**Cha bu chòir tasgaidhean ann an Oighreachd a' Chrùin Alba a bhith air talamh no sealbh a tha na phàirt den Oighreachd mar-thà a-mhàin, mas urrainn toraidhean no buannachdan nas fharsainghe fhaighinn dhan Oighreachd agus do dh'Alba. Mar eisimpleir, gus am bi e nas fhasa buannachdan a thoirt do choimhearsnachdan a tha suidhichte air a' chosta ri taobh pàrtean de ghrunnd na mara a tha leis an Oighreachd.**

76. Chuir Pàrlamaid na h-Alba an cèill gum faodadh buannachdan nach bu bheag a bhith ann nam biodh comas aig Oighreachd a' Chrùin Alba gus stòrasan calpa a chumail airson tasgadh ro-innleachdail agus airson riaghladh na h-Oighreachd.

77. Tha ullachadh ann an Achd na h-Alba gum feumar sealbh, còraichean agus ùidhean Oighreachd a' Chrùin Alba a ghlèidheadh mar oighreachd ann am fearann.

78. Tha Achd na h-Alba cuideachd a' ceadachadh gun tèid stòrasan a reic agus stòrasan ùra a cheannach, a' nochdadh gun deach cuid de stòrasan, no pàrtean de stòrasan a reic gus an luach calpa aca fhaighinn agus gus ath-thasgadh ann an stòrasan eile. Bidh na h-ath-leasachaidhean a tha san fhrèam-obrach laghail ùr a tha anns an Achd a' glèidheadh nan cumhachdan gus stòrasan calpa a tha mar phàirt de dh'Oighreachd a' Chrùin Alba a cheannach, a reic agus gus teachd a-steach fhaighinn bhupa. Bidh an t-sùbailteachd tro na cumhachdan seo cudromach gus luach na h-oighreachd a ghlèidheadh san àm ri teachd.

79. Tha am frèam-obrach laghail ùr cuideachd a' toirt comas do mhanaidsearan na buannachdan sòisealta, eaconomach agus àrainneachdail nas fharsainghe aithneachadh as urrain tighinn bhon dòigh anns an tèid an oighreachd a stiùireadh. Bu chòir dhan dòigh-obrach seo a tha ag aithneachadh chothroman gus buannachdan nas fharsainghe a dhèanamh a thoirt fa-near nuair a thathar a' dèanamh cho-dhùnidhean air tasgaidhean. Dh'fhaodadh seo tasgaidhean ùra a chur an comas a chruthaicheas luach calpa no teachd-a-steach nas motha dhan oighreachd cho math ri buannachdan nas fharsainghe.

80. Faodaidh manaidsear co-dhùnadh tasgadh a dhèanamh ann am pròiseact, no fearann fhaighinn ri taobh sgìre de ghrunnd na mara, far am bi dùil gum bi an tasgadh a' meudachadh luach no teachd a-steach grunn na mara faisg air làimh no a' faighinn buannachdan eile.

81. Thèid beachdachadh air am bu chòir barrachd stiùireadh a chruthachadh gus manaidsear aig stòras Oighreachd a' Chrùin Alba a chuideachadh, a' toirt aire do dh'amasan ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba airson na mara, lùths, còmhdhail, leasachadh eaconomach, agus roinnean coimhearsnachd is turasachd.

## CUSPAIR 2: MAR A THATHAR A' STIÙIREADH STÒRASAN OIGHREACHD A' CHRÙIN ALBA

Tha na h-amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean a leanas stèidhichte air mar a tha Stòrasan Oighreachd a' Chrùin Alba air an stiùireadh.



**Tha iomadachd Oighreachd a' Chrùin Alba a' ciallachadh nach eil an aon dòigh-obrach stiùiridh daonna practaigeach agus gu bheil buannachdan ann a dh'fhaodadh tighinn à smachd no stiùireadh ionadail, no à cothroman ion-chur a bharrachd a bhith ann aig an ìre ionadail ann an dèanamh cho-dhùnaidhean taobh a-staigh an fhrèam-riaghlaidh nàiseanta a tha Achd Oighreachd a' Chrùin Alba a' toirt seachad a tha a' ceadachadh diofar dhòighean-obrach ann an diofar phàirtean de dh'Alba.**

82. Tha am frèam-obrach nàiseanta ag amas air dèanamh cinnteach gun lean planadh ro-innleachdail airson nan stòrasan, agus aig an aon àm tha e a' toirt cothrom do luchd-stiùiridh ionadail cunbhalachd a chumail far a bheil sin iomchaidh. Tha am frèam-obrach nàiseanta, a tha a' gabhail a-steach comas a bhith a' toirt a-steach stiùireadh air ullachaidhean cunntasachd, cuideachd a' dèanamh cinnteach gu bheil inbhean coitcheann ann airson fosgailteachd, follaiseachd agus cunntachalachd air feadh Oighreachd a' Chrùin Alba.

83. Tha cumhachdan anns an Achd do Mhinistearan na h-Alba a tha a' leigeil leotha a bhith a' tar-ghluasad no a' tiomnadh an fhoincein a bhith a' stiùireadh stòras aig Oighreachd a' Chrùin Alba. Thèid co-dhùnaidhean a dhèanamh air na rèiteachaidhean as iomchaidh airson a bhith a' stiùireadh gach stòras air stèidh cùis air chùis, a' toirt aire do mhianan choimhearsnachdan ionadail.

84. Tha an Achd a' sònrachadh mhodhan cunntasachd is aithris gus dèanamh cinnteach gu bheil fosgarrachd gu leòr ann mu stiùireadh stòrais aig ìre ionadail no nàiseanta. A bharrachd air a' Phlana, tha Planaichean Stiùiridh aig manaidsèaran, Aithisgean Bliadhnail aig manaidsèaran, agus ceuman gus cunbhalachd a bhrosnachadh ann an aithris agus ann an cunntasachd. Thèid am Plana agus na h-Aithisgean Bliadhnail a chur air beulaibh Pàrlamaid na h-Alba agus thèid na cunntasan a sgrùdadh le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba.

85. Bheir Aithisgean Bliadhnail measadh seachad air mar a tha manaidsèar Oighreachd a' Chrùin Alba air coileanadh a rèir nan amasan agus air na gnìomhan a tha air an cur air adhart sa Phlana Riaghlaidh a choileanadh. Bidh Aithisgean Bliadhnail agus Planaichean Stiùiridh nan tobraichean fiosrachaidh air coileanadh manaidsèaran nan stòrasan. Mas e is gu bheil Ministearan na h-Alba draghail mu dhèanadas manaidsèir, tha cumhachd aca fon Achd am foincean a bhith a' stiùireadh an stòrais a ghluasad gu manaidsèar eile.

86. Mar phàirt den fhrèam riaghlaidh, tha ullachaidhean san Achd airson cunntachalachd ionmhasail. Tha e mar riatanas cunntasan fa leth a chumail airson teachd a-steach agus airson calpa, agus mar sin, feumaidh am manaidsèar aig stòras Oighreachd a' Chrùin Alba a bhith a' comharrachadh nan gnòthaichean a tha a' cur ri teachd a-steach lom agus an fheadhainn a tha a' cumail suas agus ag adhartachadh na h-oghreachd calpa.

87. Cruthaichidh am frèam riaghlaidh a tha air a mhìneachadh gu h-àrd dearbhadh agus follaiseachd a chumas taic ri diofar mhodalan airson a bhith a' stiùireadh stòrasan Oighreachd a' Chrùin Alba.




**Ro dheireadh beatha còig bliadhna a' Phlana, dh'fhaodte gum bi farsaingeachd de mhanaidsearan aig stòrasan Oighreachd a' Chrùin Alba le stòrasan fa leth air an stiùireadh aig an ìre iomchaidh, agus le cothroman tro ghluasad-sealbh, tiomnadh no pileatan airson comhairlean, coimhearsnachdan agus buidhnean iomchaidh eile a bhith a' cur ri no a' cumail smachd air co-dhùnaidhean air mar a tha stòrasan air an riaghladh agus air an cleachdadh.**

88. Aig an àm seo, tha portfolio an t-seilbh, nan còraichean agus nan ùidhean air fad air an stiùireadh le aon mhanaidsear, Oighreachd a' Chrùin Alba. Tha Ministearan na h-Alba mothachail air na miannan aig cuid de choimhearsnachdan ionadail gus barrachd smachd no barrachd com-pàirt a bhith aca ann an co-dhùnaidhean mu stòrasan Oighreachd a' Chrùin Alba anns a' choimhearsnachd aca.

89. Tha an Achd a' cruthachadh uidheamachd airson stiùireadh ionadail air stòrasan sònraichte le ùghdarrasan ionadail, ùghdarrasan poblach eile na h-Alba, Ùghdarrasan Cala na h-Alba no buidhnean coimhearsnachd gus pàirtean den oighreachd a stiùireadh. Tha e cuideachd a' mineachadh an fhrèam-obrach anns am feum manaidsearan obrachadh.

90. Tha an Achd cuideachd a' cruthachadh dà dhòigh air a bhith a' tiomnadh an fhoincsein a bhith a' riaghladh stòras Oighreachd a' Chrùin Alba - tar-ghluasad agus tiomnadh. Tha Ministearan na h-Alba a' gabhail ris nach eil an aon dòigh-obrach iomchaidh airson raon cho farsaing de stòrasan. Anns an Achd, tha ullachaidhean ann airson dòigh-obrach cùis air chùis agus airson cuid de stòrasan fa leth a bhith air an stiùireadh agus air an leasachadh le coimhearsnachdan agus comhairlean ion-roghnach. Cheadaicheadh an dòigh-obrach seo smachd ionadail air dèanamh cho-dhùnaidhean, le comas air rèiteachaidhean taice co-roinnte gus dùblachadh agus briseadh an àird a lughdachadh. Thathas an dùil gum bi fèin-riaghladh a bharrachd cho in-ghabhalach sa ghabhas, agus gun tèid measadh a dhèanamh air gach cùis fa leth a rèir airidheachd agus gum bithear mothachail air an dleastanas gus luach an stòrais a chumail suas agus àrdachadh

## Mar as urrainnear Stiùireadh Stòrasan Oighreachd a' Chrùin Alba a thar-ghluasad agus a thiomnachadh



### Dealbh 7: Mar as urrainnear Stiùireadh Stòrasan Oighreachd a' Chrùin Alba a thar-ghluasad agus a thiomnachadh

91. Dh'fhaodte gum bi cuid de bhuidhnean dìreach ag iarraidh aon stòras no pàirt de stòras a stiùireadh, m.e. a' stiùireadh pàirt den chladach ann an sgìre de dh'Alba. Chì Ministearan na h-Alba ann am prionnsapal gum b' urrainn Ùghdarras Cala na h-Alba a bhith a' stiùireadh, mar eisimpleir, grunn na mara fo agus timcheall bun-stèidh structaran a' chala, ach dh'fheumadh adhbhar làidir a bhith ann nan robh iad airson a bhith a' gabhail a-steach grunn na mara taobh a-muigh crìochan ùghdarras a' chala cuideachd.

92. Dh'fhaodte cuideachd gum b' fheàrr le cuid de choimhearsnachdan dòighean-obrach eile a thaobh smachd agus com-pàirteachadh a bharrachd ann an co-dhùnidhean na an fheadhainn a tha san Achd. Dh'fhaodadh seo a bhith ann an iomadh cruth eadar-dhealaichte, mar eisimpleir:

- pìleatan airson stiùireadh ionadail,
- Seòrsaichean eile de dh'aontaidhean stiùiridh ionadail, no
- Coimhearsnachdan agus luchd-cleachdaidh a bhith an sàs ann am buidhnean comhairleachaidh.

## Eisimpleirean de smachd no com-pàirteachadh ionadail ann an dèanamh cho-dhùnaidhean

Reic	Aonta Dreuchdail	Comhairleachadh Foirmeil	Buidhne-an-obrach	Tiomnadh Chumhachdan	Tar-ghluasad Reachdail
<b>Urras Chàrlabhaigh</b> Reic a' chladaich ri taobh fearann an Urrais, às dèidh dhaibh Oighreachd Chàrlabhaigh a cheannach ann an 2015.	<b>Comainn Mòraidh</b> Aontaidhean le buidhnean saor-toileach gus roinn de ghrund na mara a stiùireadh far am mòraig am buill an cuid bhàtaichean.	<b>m.e moladh airson Pileat airson Stiùireadh Ionadail</b> Moladh mu thagraidhean lìos airson gnìomhan sònraichte air an deach beachdachadh ann am pròiseas comhairleachaidh fo stiùir Ùghdarrasan Ionadail. <b>Comataidh Mòraidh Chluaidh</b> Buidhnean a nì co-dhùnaidhean air iarrtasan mòraidh ann an an Ùghdarras Cala Clydeport le prìomh luchd-ùidh agus ùghdarrasan reachdail.	<b>Buidheann-obrach nan Teanantan Dùthchail</b> Ag obair le teanantan gus comhairle agus cuideachadh a thoirt seachad le ùrachadh thogalaichean tuathanais, leasachaidhean ruigsinneachd agus obair bun-structair eile.	<b>A' tiomnachadh Chumhachdan Stiùiridh</b> Tha ullachadh gus cumhachdan stiùiridh a thiomnachadh ann am Pàirt 2, Earrann 4 de dh'Achd Oighreachd a' Chrùin Alba 2019.	<b>Tar-ghluasad</b> Tha ullachadh gus làn thar-chur de chumhachdan stiùiridh a cheadachadh ann am Pàirt 2, Earrann 3 de dh'Achd Oighreachd a' Chrùin Alba 2019.

### Dealbh 8: Eisimpleir de smachd no com-pàirteachadh ionadail ann an dèanamh cho-dhùnaidhean

93. Cumaidh Ministearan na h-Alba orra a bhith a' leantainn adhartas leis an sgeama pileat airson stiùireadh ionadail air stòrasan Oighreachd a' Chrùin Alba. Bidh mar a thèid leis an sgeama pileat a' fiosrachadh cho-dhùnaidhean san àm ri teachd mu thar-ghluasad agus tiomnadh fon Achd.

94. Tha argamaid ann cuideachd airson grund na mara a stiùireadh aig an ìre na h-Alba, gu sònraichte na còraichean airson sòn 12-200 mìle mara, cho math ri lìosan airson bun-structar nàiseanta ro-innleachdail leithid càballan tele-chonaltraidh, loidhnichean-pìoba agus tuathanasan-gaoithe aig muir. Thathar a' moladh, mar sin, gum bu chòir cuid de na stòrasan a bhith air an stiùireadh aig an ìre nàiseanta, co-dhiù aig an ìre seo (faic dealbh 9).

Foincseanan a dh'fhaodadh a bhith air an tiomnachadh gu ìre nas motha do chomhairlean no coimhearsnachdan

- Còraichean cladaich
- Lìosadh airson lùths tuinn is làn-mara a-mach gu 1 mìle mara, 3 mìle mara no 12 mìle mara
- Fearann ann am puirt a tha air an ruith le ùghdarrasan ionadail
- Puirt agus laimhrigean nach eil ag obair aig an àm seo


Foincseanan a dh'fhaodadh a bhith air an stiùireadh nas fheàrr aig an ìre nàiseanta

- Lìosadh airson lùths ath-nuadhachail far tìr (sòn 12-200 mìle mara)
- Còraichean airson càballan agus loidhnichean-pioba (a dh'fhaodadh a bhith a' dol thairis air crìochan nàiseanta taobh a-staigh na RA)
- Còraichean eile co-cheangailte ri grunn na mara - gas, còraichean stòraidh (chan eil seo a' gabhail a-steach hàidreo-charbonan)
- Còraichean airson airgead agus òr a tha a' nochdadh gu nàdarra
- Còraichean mèinnearachd glèidhte

Foincseanan air am bu chòir beachdachadh barrachd

- Na h-oigreachdan dùthchail - Applegirth, Fachabair, Gleann Lìobhait agus Whitehill
- Sealbh bailteil – gu sònraichte Sràid Sheòrais Dùn Èideann
- Tuachanas-uisge (dh'fhaodte gum bi dòighean-obrach a dh'fhaodte airson dèiligeadh ri strì eadar com-pàirtean)
- Còraichean iasgach a' bhradain (dh'fhaodte gun tèid seo a ghlèidheadh mar phàirt den oighreachd dhùthchail no gun tèid a cho-thaobhadh nas dlùithe ri ath-leasachaidhean nas fharsaingeach air iasgach fiadhaich)
- Fearann ann am puirt eile

**Dealbh 9:** Cothrom airson stiùireadh ionadail air stòrasan



**Is e stòras ro-innleachdail nàiseanta a th' ann an grunn na mara na h-Alba agus bu chòir a stiùireadh aig ìre nàiseanta ach cumaidh Ministearan na h-Alba na h-ullachaidhean fo sgrùdadh, feuch a bheil e iomchaidh gum bi stòrasan air an stiùireadh aig an ìre nàiseanta no ionadail.**

95. Is e dùthaich mara a th' ann an Alba, a bha a-riamh a' coimhead ris a' mhuir agus a' faicinn àrainneachd na mara mar rud a tha ro-chudromach do chultar, leas agus beairteas na dùthcha. Agus sinn a-nis air smachd fhaighinn air còraichean airson grunn na mara ann an Alba, feumaidh sinn dèanamh cinnteach gu bheil na h-ullachaidhean stiùiridh a' dìon nan stòrasan cudromach sin airson Alba agus coimhearsnachdan ionadail san àm ri teachd.

96. Tha grunn na mara air a mhìneachadh san Achd agus tha e a' gabhail a-steach sgìre mara na h-Alba, is e sin grunn na mara a-mach dhan crìch aig 12 mìle mara, agus sòn na h-Alba, a tha eadar a' chrìoch aig 12 mìle mara agus a' crìoch aig 200 mìle mara. Chan ann leis a' Chrùn a tha Sòn na h-Alba, ach tha lagh mara eadar-nàiseanta a' toirt chòraichean dhan stàit air cladaichean anns an t-sòn sin agus tha na còraichean sin air an riaghaladh leis a' Chrùn. Canar an cladach ris a' phàirt de ghrunn na mara, anns a bheil fearann a tha eadar comharran uisge àrd is ìosal àbhaisteach tìde-mhara an earraich.

97. Tha sealbh aig a' Chrùn air beagan nas lugha na 50% den 18,000 km den chladach Albannach (faic dealbh 3), leis a' chòrr den fhearann le treas phàrtaidh fo ghabhail udal anns na h-Eileanan a Tuath no le uachdarain eile a fhuair e bhon Chrùn san àm a dh'fhalbh.



98. Chithear luach calpa agus teachd-a-steach iomlan bliadhna bho ghnìomhachd co-cheangailte ri grunn na mara mar a bha e air ceann-latha a' thar-ghluasaid sa chlàr gu h-ìosal.

Seòrsa Stòrais	Luach calpa air 31 Màrt 2019 (£m)	Teachd a-steach iomlan bliadhna 2018-19 (£m)
Cladach	31.6	3.5
Dreideireachd	1.5	0.4
Tuathanachas Uisge	26.1	4
Càballan/lòidhnichean-pìoba	24.1	3.1
Lùths Ath-nuadhachail	163.3	3
<b>Iomlan</b>	<b>246.6</b>	<b>14</b>


99. Tha Pàrlamaid na h-Alba a' meas grunn na mara mar stòras nàiseanta a bu chòir a bhith air a stiùireadh aig an ìre nàiseanta. Tha cumhachdan san Achd a bheir comas do Mhinistearan na h-Alba gus stiùireadh stòrais a tar-ghluasad le bhith a' cur riaghailtean mu choinneamh Pàrlamaid na h-Alba, a bhios mar sin comasach air sgrùdadh a dhèanamh air tar-ghluasad sam bith de stiùireadh grunn na mara.

100. Tha seo a rèir beachd Riaghaltas na h-Alba gum bu chòir grunn na mara, ach a-mhàin a' phàirt a tha gu tur eadar-shruthach, a bhith air a mheas mar stòras nàiseanta ro-innleachdail, no stòras aig a bheil luach sònraichte, agus gum bu chòir barrachd sgrùdadh a bhith ann air seo. Seo a chionn 's gu bheil stòrasan mara cudromach airson bun-structar ro-chudromach, mar eisimpleir lùths, tele-chonaltradh agus còmhhdail.

101. Tha a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig gluasad stiùireadh aig pàirt sam bith de ghrunn na mara - ach a-mhàin an cladach - air treas phàrtaidhean, leithid maraichean, cudromach cuideachd. Tha an luach ionmhasail a tha ann, no a dh'fhaodadh a bhith ann cho math ri cudromachd eaconamach agus àrainneachdail nas fharsainghe nan stòrasan sin cudromach cuideachd. Is urrainn do na stòrasan mara no còraichean cladaich smachd a chumail air gnìomhachd ann am puirt agus calachan, lìosan tuathanas-uisge, lùths gaoithe is làn-mara, càballan agus loidhnichean-pìoba, agus glacadh agus stòradh carboin. Mar sin, tha e a' gabhail a-steach bun-structar nàiseanta ro-innleachdail agus tha an sgeama tar-ghluasad reachdail<sup>11</sup>, fon deach riaghladh Oighreachd Crùn na h-Alba tiomnadh, a' gabhail a-steach dòighean-obrach a tha air an dealbhadh gus bun-structar nàiseanta riatanach a dhìon. Cumaidh Ministearan na h-Alba na h-ullachaidhean stiùiridh airson grunn na mara fo sgrùdadh.

102. Tha Riaghaltas na h-Alba ag aontachadh ris a' phoileasaidh fhad-sheasmhach gum bu chòir ro-bheachd a bhith ann an aghaidh a bhith a' reic grunn na mara. Ach thathar ag aithneachadh gu bheil suidheachaidhean ann far am biodh e iomchaidh pàirtean de ghrunn na mara a reic. Mar eisimpleir, grunn na mara fo na bun-stèidhean aig drochaidean no cidheachan no leasachaidhean cala eile. Tha ullachadh san Achd gum feum manaidsear sam bith cead fhaighinn bho Mhinistearan na h-Alba mus cuidhtich iad sealbh air pàirt sam bith de ghrunn na mara.

<sup>11</sup> <https://www.legislation.gov.uk/ukdsi/2017/9780111155103/contents>



**Ruithidh Ministearan na h-Alba cuairt thòiseachail gus molaidhean iarraidh airson stiùireadh stòrasan no pàirtean de stòrasan, a thar-ghluasad no a thiomnadh, gu sgìrean ionadail de dh'Alba, agus nì iad co-chomhairle ro-làimh mu dhreach stiùiridh air dè na molaidhean a bu chòir a bhith ann agus dè na slatan-tomhais airson molaidhean a mheasadh, a' gabhail a-steach buannachdan a dh'fhaodadh a bhith ann agus luach an airgid.**

103. Tha Ministearan na h-Alba mothachail gu bheil grunn choimhearsnachdan ag amas air stòrasan ionadail a stiùireadh. Cuiridh Ministearan na h-Alba pròiseas air dòigh gus cuireadh a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail, ùghdarrasan poblach eile na h-Alba, Ùghdarrasan Cala na h-Alba agus buidhnean coimhearsnachd gus tagradh a dhèanamh gus stòras san sgìre aca a ghabhail os làimh tro aonta tar-ghluasaid no tiomnadh-chumhachdan.

104. Tha a bhith a' stiùireadh stòras Oighreachd a' Chrùin Alba na uallach mòr agus tha Ministearan na h-Alba an dùil gum beachdaich buidhnean a dh'fhaodadh a dhol nam manaidsearan gu faiceallach air dè an roghainn stiùiridh as fhreagarraiche gus na h-amasan aca a choileanadh agus a bheil iad a rèir nan slatan-tomhais san Achd. Dh'fhaodadh gum biodh seilbh no lìosadh nan stòrasan na bu fhreagarraiche gus na h-amasan aca a choileanadh na tar-ghluasad no tiomnadh stiùireadh.

105. Tha Ministearan na h-Alba airson 's gum bi na pròiseasan airson a bhith a' tar-ghluasad agus a' tiomnadh stiùireadh stòrasan fosgailte agus follaiseach agus nì sinn conaltradh le pàrtaidhean buntainneach. Thathar an dùil gum bi buidhnean a dh'fhaodadh a dhol nam manaidsearan fosgailte agus follaiseach agus gun dèan iad com-pàirteachadh for-ghnìomhach leis a' choimhearsnachd anns a bheil an stòras a tha iad ag iarraidh stiùireadh suidhichte.

106. Cruthaichidh agus foillsichidh Riaghaltas na h-Alba pròiseas tagraidh coileanta, mionaideach, le stiùireadh na chois gus taic a chumail ri tagraichean airson stiùireadh.

107. Tha Ministearan na h-Alba den bheachd gum bu chòir do stòrasan a tha air an stiùireadh gu h-ionadail cur ri seasmhachd iomlan Oighreachd a' Chrùin Alba fhathast. Bu chòir dhan a h-uile buidheann a tha airson a dhol na mhanaidsear plana làidir a chruthachadh, a bhios a' mìneachadh mar a chumas iad suas no a leasaicheas iad seasmhachd sòisio-eaconamach, ionmhasail agus àrainneachdail an stòrais, a' gabhail a-steach buaidhean sòisealta agus eaconamach, agus a' bhuidh air an àrainneachd, a' gabhail a-steach na h-àrainneachd eachdraidheil, agus anns am bi fianais gus taic a chumail ris na molaidhean aca.

---

#### Eisimpleir: Cothroman Coimhearsnachd

Tha poileasaidh Riaghaltas na h-Alba a' cumail taic do choimhearsnachdan a bhith a' gabhail barrachd smachd air an stòras ionadail aca, a' gabhail a-steach a bhith a' ceannach fearann agus ullachaidhean lìosaidh.

Tha coimhearsnachdan ionadail a tha air smachd a ghabhail air stòrasan ionadail a' sealltainn fìor thionnsgalachd agus adhartas le bhith a' leasachadh nan àiteachan, nan coimhearsnachdan aca. Bidh na coimhearsnachdan sin a' cleachdadh nan goireasan fearainn a th' aca agus a' stiùireadh nan stòrasan sin gus taic a chumail ri leasachadh eaconamach, sòisealta, àrainneachdail agus cultarail, a' feuchainn ri beatha na coimhearsnachd aca agus nan daoine aca a neartachadh, a' cruthachadh coimhearsnachd nas seasmhaiche agus nas ath-leumaiche.

Dh'fhaodadh stòrasan Oighreachd a' Chrùin Alba a tha co-cheangailte ris a' chladach a tha ri taobh fearann ann an sealbh coimhearsnachd a bhith nan stòrasan luachmhor nan robh coimhearsnachd gan stiùireadh an co-cheangal ris na stòrasan fearainn aca, no gu neo-eisimeileach.

Tha mòran eisimpleirean ann mar-thà de choimhearsnachdan ionadail a tha a' stiùireadh chidheachan agus laimrigan, acraichean agus acarsaidean agus tha miann ann feum a dhèanamh de chothroman a dh'fhaodadh a bhith ann a thaobh lùths ath-nuadhachail. Le smachd a bhith air co-dhùnaidhean mu na stòrasan sin, agus stòrasan a dh'fhaodadh a bhith fo smachd Oighreachd a' Chrùin Alba, faodaidh iad sruthan teachd-a-steach a chruthachadh a chuidicheas le bhith a' neartachadh coileanadh eaconamach ionadail agus a bhios a' cur ri coimhearsnachdan nas cumhachdaiche, nas seasmhaiche agus nas ath-leumaiche.

## Dleastanasan manaidseir



**Nuair a tha manaidsear a' stiùireadh stòras aig Oighreachd a' Chrùin Alba, bu chòir dhaibh sin a dhèanamh ann an dòigh a tha follaiseach, cunntachail, in-ghabhalach agus a rèir deagh prionnsapalan eile a thaobh deagh riaghaladh.**

108. A rèir na h-Achd, feumaidh manaidsearan na foincseanan aca a thoirt seachad ann an dòigh a tha trìd-shoilleir, cunntachail, in-ghabhalach agus a rèir prionnsabalan deagh riaghlaidh. 'S e Oighreachd a' Chrùin Alba a tha an urra ri bhith a' stiùireadh nan stòrasan uile aig Oighreachd a' Chrùin Alba aig an àm seo. Tha cho cudromach 's a tha follaiseachd ann an co-dhùnaidhean ionadail ann an reic agus riaghladh stòrasan air a shealltainn leis an dleastanas laghail air riaghladh agus cunntachalachd ann an earrann 4 de dh'Òrdugh Oighreachd a' Chrùin Alba (Riaghladh Eadar-amail) 2017, a tha a' stèidheachadh frèam-obrach laghail airson na buidhne.

4. Feumaidh Oighreachd a' Chrùin Alba (fo Sgioba-stiùiridh Eadar-amail), cho fad 's a bhios e gu reasanta comasach, a bhith ag obair ann an dòigh a tha —

- (a) trìd-shoilleir agus cunntachail; agus
- (b) a rèir prionnsabal sam bith eile de dheagh riaghaladh a tha e a' meas mar dheagh chleachdadh

109. Tha Oighreachd a' Chrùin Alba cuideachd ag obair fo [Aonta Frèam-obrach](#) a chruthaich Riaghaltas na h-Alba. Tha seo a' cur an cèill:

- Foincsean, dleastanasan agus cumhachdan;
- Amasan agus targaidean;
- Dleastanasan agus cunntachalachd, a' gabhail a-steach dàimhean Oighreachd a' Chrùin Alba ri Riaghaltas na h-Alba.
- Planaichean, buidseatan agus smachdan;
- Ullachaidhean cunntachalachd air an taobh a-muigh;
- Ullachaidhean a thaobh stiùireadh luchd-obrach; agus
- Frèam-obrach ionmhasail.

110. Tha fiosrachadh mu cho-dhùnaidhean, mu dhèanadas nan stòrasan agus gearr-chunntasan nan coinneamhan rim faighinn gu poblach air làrach-lìn Oighreachd a' Chrùin Alba. Bidh bòrd neo-eisimeileach a tha cunntachail do Mhinistearan na h-Alba a' cumail sùil air agus a' sgrùdadh prìomh thoraidhean Oighreachd a' Chrùin Alba agus a' toirt seachad barrachd follaiseachd. Bidh Oighreachd a' Chrùin Alba a' com-pàirteachadh le coimhearsnachdan ionadail agus leis na riochdairean aca ann am prìomh cho-dhùnaidhean, mar eisimpleir, tro na pileatan aice air stiùireadh ionadail air stòrasan<sup>12</sup>.

111. Tha cumhachdan ùra anns an Achd do Mhinistearan na h-Alba a tha a' leigeil leotha a bhith a' tar-ghluasad no a' tiomnadh an fhoincsein a bhith a' stiùireadh stòras aig Oighreachd a' Chrùin Alba. Bithear an dùil gun obraich buidheann sam bith a gheibh tar-ghluasad no tiomnachadh san àm ri teachd a rèir slatan-tomhais coltach ris an fheadhainn aig Oighreachd a' Chrùin Alba.



**Nì Ministearan na h-Alba stiùireadh air an dòigh anns a bheilear an dùil gun gèill manaidsearan ri riathanasan Achd Oighreachd a' Chrùin Alba a thaobh a bhith a' toirt air adhart leasachadh seasmhach agus a' feuchainn ri stòrasan a riaghladh ann an dòigh a tha dualtach cur ri buannachdan nas fharsainghe do dh'Alba, a' gabhail a-steach gnothaichean buntainneach nuair a chleachdar na cumhachdan ann an earrann 11 den Achd.**

112. Tha Earrann 7 den Achd a' toirt air manaidsearan, nuair a bhios iad a' stiùireadh stòras Oighreachd a' Chrùin Alba, sin a dhèanamh anns an dòigh as fheàrr gus leasachadh seasmhach a thoirt air adhart ann an Alba agus gus feuchainn ris na stòrasan a riaghladh ann an dòigh a tha dualtach cur ri adhartachadh no leasachadh air fàs eaconamach, ath-bheothachadh, leas sòisealta agus leas àrainneachd ann an Alba.

113. Tha Earrann 11 den Achd a' toirt a-steach dleastanas eile a' buntainn ri suidheachaidhean far a bheil manaidsear a' faighinn cuidhteas seilbh air stòras gu lèir no pàirt dheth, a' toirt seachad lios no a' toirt seachad còir sam bith eile air no ann an stòras. Chan fhaod am manaidsear sin a dhèanamh airson nas lugha na luach a' mhargaidh, mura h-eil am manaidsear riarachta gu bheil an tar-ghnìomh buntainneach dualtach cur ri brosnachadh no leasachadh de: leasachadh eaconamach, ath-bheothachadh, leas sòisealta, leas àrainneachdail no leasachadh seasmhach ann an Alba.

114. Tha Ministearan na h-Alba a' gabhail ris gum bu chòir stiùireadh a bhith ann do mhanaidsearan, a' cur an cèill mar bu chòir dhaibh na stòrasan aca a stiùireadh agus cruthaichidh iad stiùireadh iomchaidh. Tro bhith a' cruthachadh stiùireadh thathar an dùil cumhachd agus comas a thoirt do mhanaidsear stòras Oighreachd a' Chrùin Alba gus buannachdan an stòrais fhaighinn chun na h-ìre as motha, agus aig an aon àm a bhith a' dìon leas a' Chrùin.

115. Tha stiùireadh nas fharsainghe ri fhaighinn mar-thà mu bhith a' brosnachadh no ag adhartachadh leasachadh eaconomach, ath-bheothachadh, leas sòisealta, leas àrainneachdail agus leasachadh seasmhach. Mar an ceudna, gabhaidh seo cleachdadh gus co-dhùnaidhean mu stiùireadh Oighreachd a' Chrùin Alba fhiosrachadh. Ach tha Ministearan na h-Alba a' faicinn buannachd bho bhith a' cruthachadh stiùireadh air eisimpleirean sònraichte de na cuspairean sin mar toradh air nàdar sònraichte Oighreachd a' Chrùin Alba gus manaidsearan a chuideachadh ann a bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean nas fiosraichte san àm ri teachd.

<sup>12</sup> <https://www.crownstatescotland.com/what-we-do/local-pilot-scheme>

116. Bhiodh an stiùireadh a' togail air an obair a tha Oighreachd a' Chrùin Alba a' dèanamh an-dràsta gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air luach eaconamach, sòisealta agus àrainneachdail agus gus dòighean-obrach ùra a chruthachadh air mar as urrainnear measadh a dhèanamh air na buannachdan a dh'fhaodadh a bhith aig diofar dhòighean air na stòrasan a stiùireadh san àm ri teachd.

117. Dh'fhaodte nach bi e iomchaidh a bhith an dùil gun libhrig am manaidsear aig stòras aig Oighreachd a' Chrùin Alba an làn fharsaingeachd de bhuanachdan a tha air am mìneachadh san stiùireadh choitcheann. Dh'fhaodadh seo a bhith fìor air sgàth 's gu bheil an stòras a thathar a' stiùireadh gu math sònraichte, mar eisimpleir, còraichean iasgach bhradan air abhainn shònraichte, sgìre de chladach no còraichean mèinnearachd sònraichte, no seach gu bheil buidheann eile nas fhreagarraiche airson buannachdan sònraichte a libhrigeadh.

118. San àm ri teachd, dh'fhaodte gun tèid stiùireadh a dhèanamh do mhanaidsearan airson seòrsaichean sònraichte de stòrasan, is dòcha a' gabhail a-steach stiùireadh do mhanaidsearan mu bhith a' cur a' chuideim cheart air na diofar fhactaran. Bidh an stiùireadh a' toirt aire do na cothroman agus na dùbhlain eadar-mheasgte a tha ann a thaobh stiùireadh Oighreachd a' Chrùin Alba.

119. Tha Ministearan na h-Alba an dùil stiùireadh a chruthachadh san àm ri teachd le com-pàirt bho phrìomh roinnean a tha air an riochdachadh air Buidheann Comhairleachaidh Luchd-ùidh Oighreachd a' Chrùin agus nì seo cinnteach gu bheil an stiùireadh sònraichte agus buntainneach ris an t-suidheachadh aig manaidsear aig stòras Oighreachd a' Chrùin Alba.



**Cruthaichidh Ministearan na h-Alba stiùireadh air riatanasan eile do mhanaidsearan a' gabhail a-steach riatanasan cunntasachd agus riatanasan sam bith a thaobh cosgaisean fo earrann 13 den Achd.**

120. Rinn an Achd ullachadh gus am b' urrainn do Mhinistearan na h-Alba treòrachadh a thoirt do mhanaidsearan no stiùireadh a thoirt seachad a thaobh nam foinceanan aca.

121. Tha raointean sònraichte ann far am faodadh stiùireadh a bhith a dhìth. Tha an Achd a' cur an cèill nan riatanasan air manaidsearan a thaobh a bhith a' cumail chunntasan agus clàran cunntasachd, sgrùdadh agus ag aithris air stiùireadh stòrasan. Ged a dh'fhaodadh na h-ullachaidhean san Achd a bhith gu leòr mar-thà, cumaidh sinn an luach a dh'fhaodadh a bhith ann bho bhith a' cruthachadh stiùireadh taic a bharrachd fo sgrùdadh, gu sònraichte far an urrainnear stiùireadh stòras no pàirt de stòras a thar-ghluasad no a thiomnadh gu buidheann eile.

122. Tha ullachaidhean sònraichte san Achd cuideachd far gur dòcha gum bi treòrachadh agus stiùireadh sònraichte a dhìth. Tha Ministearan na h-Alba air cumhachdan a ghabhail gus stiùireadh a thoirt do mhanaidsearan air na suimean as urrainn dhaibh iarraidh ann am màl airson stòrasan Oighreachd a' Chrùin Alba, no an co-cheangal ri aonta sam bith eile airson stòrasan a chleachdadh, leithid ceadan, no mar a bu chòir na suimean sin a thomhas.

123. Mar eisimpleir, tha màl tuathanas-uisge air a shuidheachadh le foirmle coitcheann. Tha màl airson èisg air a shuidheachadh a rèir cuideim lom nan iasg air an cutadh agus air gnèithean èisg, agus tha màl maoraich air a shuidheachadh air gnèithean, faid ròpa agus seòrsachan uidheamachd eile. Tha cosgaisean stèidhichte ann airson mòraidhean, agus cìsean airson ceadan gus na còraichean seilbh a thoirt do luchd-leasachaidh a tha a dhìth orra gus càballan agus pìoban a shuidheachadh, a chumail suas agus obrachadh air grunnnd na mara suas gu 12 mìle mara bhon chladach agus gus gnìomhan eile a dhèanamh. Tha seo a' gabhail a-steach loidhnichean-pioba ola agus gas, agus càballan tele-chonaltraidh.

Chaidh iad seo a shuidheachadh às dèidh co-chomhairle leis a' ghnìomhachas agus le eòlaichean treas pàrtaidh. Thèid na cùisean a chur an sàs gu cunbhalach ach a-mhàin far a bheil dòigh eile a dhìth ann an suidheachaidhean sònraichte agus coimheadaidh stiùireadh sam bith a nithear air na cùisean sin cuideachd air an fheum a dh'fhaodadh a bhith ann air eisgeachdan sònraichte.

124. A bharrachd air seo, feumaidh Oighreachd a' Chrùin Alba gèilleadh ri Leabhar-làimhe Ionmhais Poblach na h-Alba (SPFM), a bhios Ministearan na h-Alba a' foillseachadh gus stiùireadh a thoirt do Riaghaltas na h-Alba agus do bhuidhnean iomchaidh eile mu bhith a' làimhseachadh agus ag aithris air stòrasan agus maoinean poblach mar as còir. Tha an SPFM a' mìneachadh nan riatanasan Pàrlamaideach reachdail agus rianachd buntainneach, a' cur cuideam air an fheum air caomhantachd, tarbhachd agus èifeachdas agus a bhith a' brosnachadh deagh chleachdadh agus ìrean àrda de dh'iomchaidheachd.

125. Dh'fhaodadh gum bi feum air stiùireadh gus dèanamh soilleir gum bu chòir coimhead ri ullachaidhean a tha san SPFM (agus stiùireadh buntainneach sam bith eile a chuir Ministearan na h-Alba a-mach) mar "stiùireadh a tha an sàs" airson manaidsear stòras Oighreachd a' Chrùin Alba a chionn 's gu bheil cunntasan manaidsearan Oighreachd a' Chrùin Alba le ùmhlachd do sgrùdadh le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba fo earrann 35 den Achd.

126. San àm ri teachd, far nach eil am manaidsear aig Oighreachd a' Chrùin Alba na Bhuidheann Phoblach Albannach, dh'fheumadh am manaidsear a bhith a' gèilleadh ri riatanasan coltach ris an fheadhainn san SPFM. Tha na riatanasan dualtach a bhith air an sònrachadh ann an òrdugh tar-ghluasad, aonta tiomnaidh, treòrachadh no stiùireadh, no an cois aonta Frèam-obrach (no a leithid).

### CUSPAIR 3: TEACHD A-STEACH, A' STIÙIREADH FHIACHANASAN AGUS CÙISEAN EILE

Tha na h-amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean a leanas stèidhichte air teachd a-steach, fiachanasan agus cùisean eile.



**Thèid an teachd a-steach lom a chleachdadh airson buannachd na h-Alba agus nan coimhearsnachdan le rèiteachaidhean iomchaidh ann gus taic-airgid a cho-òrdanachadh airson prògraman agus pròiseactan nach gabh a dhèanamh le aon choimhearsnachd no comhairle.**

127. Thèid an teachd a-steach lom bhon Oighreachd – an teachd a-steach bho liosadh agus na gnìomhan eile, le cosgaisean stiùiridh nan stòrasan air an toirt air falbh – a phàigheadh do Mhaoin Bhonntaichte na h-Alba (SCF).

128. Tha Ministearan na h-Alba air gealltainn gun sgaoil iad an teachd-a-steach lom bho stòrasan mara Oighreachd a' Chrùin a-mach gu 12 mìle mara do dh'ùghdarrasan ionadail air a' chladach airson buannachd nan coimhearsnachd cladaich. Thèid an cothromachadh ann an teachd a-steach lom bho stòrasan eile aig Oighreachd a' Chrùin Alba a chleachdadh airson buannachd nàiseanta nas fharsainge tron SCF.


129. Ann an 2017-2018 b' e £9M an teachd a-steach lom a thug Oighreachd a' Chrùin Alba dhan SCF. Bha an cuibhreann den teachd a-steach lom bho stòrasan mara anns an t-sòn eadar 0 agus 12 mìle mara mu £7 ann an 2017-2018. Is e seo an eileamaid as motha den teachd a-steach aig an àm seo agus thathar an dùil gum fàs seo barrachd sna bliadhnaichean ri teachd agus liosan bho sgeamaichean lùths a-nuadhachail a' fàs.

130. B' e £ 7.2 millean a' chiad phàigheadh do dh'ùghdarrasan ionadail cladaich bhon teachd a-steach lom a chruthaich stòrasan mara Oighreachd a' Chrùin a-mach gu 12 mìle mara ann an 2017-2018 agus tha seo na àrdachadh mòr anns a' mhaoineachadh iomlan a tha ri fhaighinn airson coimhearsnachdan cladaich.

131. Feumar na buannachdan bho bhith a' sgaoilidh an teachd a-steach lom a chothromachadh leis an fheum a bhith a' tasgadh anns an oighreachd. Nì seo cinnteach gum faigh na coimhearsnachdan cladaich agann buannachdan ionmhasail leantainneach bho na stòrasan san àm ri teachd.

132. Tha sinn a' faicinn luach ann a bhith a' sgrùdadh a' chomais airson co-òrdanachadh roinneil no nàiseanta le ùghdarrasan ionadail gus maoinachadh a cho-òrdanachadh airson prògraman agus pròiseactan a tha buannachdail do choimhearsnachdan ach nach urrainn aon choimhearsnachd no comhairle a ghabhail os làimh. Dh'fhaodadh seo teachd-a-steach bho na stòrasan a chur gu feum gus tasgadh ro-innleachdail a mhaoineachadh, mar eisimpleir, gus taic a thoirt do ghnìomhachasan mara is cladaich - stèidhichte agus ùr - gus buannachd coimhearsnachd a chumail suas agus a libhrigeadh anns na bliadhnan ri teachd agus gus dèanamh cinnteach gun urrainn dhuinn buannachdan nas fharsainge fhaighinn bho na stòrasan.

## Mar a thèid teachd a-steach a nì stòrasan Oighreachd a' Chrùin Alba a sgaoileadh



**Dealbh 10:** Mar a thèid teachd a-steach a nì stòrasan Oighreachd a' Chrùin Alba a sgaoileadh



**Bu chòir gum biodh an teachd-a-steach lom bho stòrasan mara a-mach gu 12 mìle mara buannachdail do choimhearsnachdan cladaich agus bu chòir a h-uile ullachadh airson teachd-a-steach lom a bhith follaiseach agus cunntachail le cothroman do choimhearsnachdan beachdan a thoirt seachad air mar a thèid an teachd-a-steach a chleachdadh.**

133. Tha Ministearan na h-Alba air gealltainn gum faigh coimhearsnachdan air a' chosta 100% den teachd a-steach lom bho stòrasan mara Oighreachd a' Chrùin Alba suas gu 12 mìle mara.

134. Tha Ministearan na h-Alba an dùil gun dèan ùghdarrasan ionadail cinnteach gun tèid am maoineachadh air a fad a gheibhear bho na stòrasan mara suas gu 12 mìle mara a chleachdadh airson caitheamh a bharrachd a bheir buannachd gu sònraichte do choimhearsnachdan air a' chladach.



135. Tha cumhachd aig ùghdarrasan ionadail co-dhùnaidhean a dhèanamh mu mhaoineachadh nam pròiseactan sin a bheir buannachd do choimhearsnachd cladaich agus a nì cinnteach cuideachd gu bheil follaiseachd agus cunntachalachd ann do choimhearsnachdan agus do dhaoine eile cuideachd. Bidh seo a' gabhail a-steach follaiseachd air mar a thèid co-dhùnaidhean a dhèanamh agus ullachaidhean aithris iomchaidh air mar a chaidh am maoineachadh a chleachdadh.

136. Thathar an dùil gum bi cothrom aig coimhearsnachdan ionadail gus pàirt a ghabhail ann am pròiseas nan co-dhùnaidhean a thaobh mar a thèid teachd a-steach bho na stòrasan mara a chleachdadh. Cuidichidh beachdachadh a bharrachd air feumalachdan ionadail agus barrachd teachd a-steach do na coimhearsnachdan air a' chosta gus na coimhearsnachdan a leasachadh agus gus cumhachd a thoirt dhaibh.



**Obrachaidh Riaghaltas na h-Alba le COSLA gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air na rèiteachaidhean san àm ri teachd airson teachd-a-steach lom bho stòrasan mara a-mach gu 12 mìle mara. Bidh an ath-sgrùdadh a' coimhead air riatanasan stiùiridh na h-oighreachd, mar as urrainnear teachd-a-steach a mheudachadh tro mhaoineachadh ro-innleachdail, an comas do choimhearsnachdan ùidhe eile a bhith nam manaidsearan agus air an argamaid airson na buidhnean sin a bhith a' faighinn buannachd dhìreach bhon teachd-a-steach lom.**

137. Is e adhbhar airson ath-leasachadh air stiùireadh stòrasan Oighreachd a' Chrùin a bhith a' feuchainn ri dèanamh cinnteach gum faigh coimhearsnachdan ionadail buannachd le bhith a' toirt seachad buannachdan nas fharsainghe, cothroman airson stiùireadh ionadail air pàirtean den oighreachd agus dealas Ministearan na h-Alba gus buannachdan ionmhasail a thoirt do choimhearsnachdan cladaich.

138. Tha Riaghaltas na h-Alba agus COSLA air aontachadh air dòigh-obrach eadar-amail airson a bhith a' sgaoileadh an teachd a-steach lom bho stòrasan Oighreachd a' Chrùin Alba, stèidhichte air cuibhreann gach ùghdarras ionadail den sgìre mara ri thaobh an t-sòin 0-12 mìle mara.

139. Thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh air an dòigh, stèidhichte air foirmle, gus maoineachadh a riarachadh airson buannachd coimhearsnachdan cladaich le Ministearan na h-Alba agus bidh Riaghaltas na h-Alba agus COSLA a' co-obrachadh air a' phròiseis seo, a' gabhail a-steach mar as urrainn dhan dòigh libhrigidh airson na maoin dèanamh cinnteach gum faigh coimhearsnachdan buannachdan cho mòr 's a ghabhas. San àm ri teachd bidh an riarachadh bliadhnail do dh'ùghdarrasan ionadail fa leth a rèir an teachd-a-steach lom a thig bho stòrasan mara Oighreachd a' Chrùin Alba a-mach gu 12 mìle mara sa bhliadhna iomchaidh de dh'obair Oighreachd a' Chrùin Alba a tha mar bhunait airson an riarachaidh iomlain.

140. Bidh an t-ath-sgrùdadh a' toirt aire dhan atharrachadh a thàinig bho Achd Oighreachd a' Chrùin Alba, ag aithneachadh gum faodadh diofar mhanaidsearan a bhith ann, ann a bhith a' co-dhùnadh mar bu chòir an teachd-a-steach lom bho stòrasan a-mach gu 12 mìle mara a dhol gu coimhearsnachdan san àm ri teachd. Feumar seo a chothromachadh leis an fheum a bhith a' tasgadh ann an stòrasan gus dèanamh cinnteach gum bi sruthan teachd a-steach aig coimhearsnachdan cladaich agus gum bi na buannachdan cho mòr 's a ghabhas san àm ri teachd.



**Bu chòir buidhnean ionadail aig a bheil ùidh ann an a bhith a' riaghladh stòras aig Oighreachd a' Chrùin Alba beachdachadh air mar a b' urrainn dhaibh obair agus fèicheanas a ghabhail os làimh san fhad-ùine agus an stòras a stiùireadh ann an dòigh a lìbhrireas luach a bharrachd, a bhios follaiseach agus èifeachdach agus a tha a rèir a' phrìomh dhleistanais aca.**

141. Tha gluasadan agus tiomnadh cumhachd agus modailean eile gus smachd ionadail a neartachadh nan cothroman cudromach airson leasachadh leantainneach a thaobh mar a tha stòrasan Oighreachd a' Chrùin air an stiùireadh agus cha bu chòir crìonadh sam bith a bhith ann ann am follaiseachd no èifeachdas gus dèanamh cinnteach gu bheil buannachdan air an coileanadh. Mar fhreagairt do cho-chomhairleachadh poblach ann an 2017 air stiùireadh Oighreachd a' Chrùin Alba san fhad-ùine<sup>13</sup>, bha 80% den luchd-fhreagairt a thug seachad beachd den bheachd gum bu chòir dhan neach a tha a' gabhail uallach airson stòras a stiùireadh gabhail ris an uallach gus na fiachanasan co-cheangailte a stiùireadh. Is e poileasaidh Ministearan na h-Alba san fharsaingeachd còraichean agus fiachanasan co-cheangailte ri stòrasan Oighreachd a' Chrùin Alba a ghluasad chun a' mhanaidseir ùir agus ma thèid stòras a reic, gun tèid fiachanasan san fharsaingeachd a ghluasad chun an t-sealbhadair ùir.

142. Bha 74% den luchd-fhreagairt a thug beachd seachad anns a' cho-chomhairleachadh cuideachd den bheachd gum bu chòir na cosgaisean co-cheangailte ri riaghladh fiachanasan a thoirt a-steach do na cosgaisean rianachd. Tha an dòigh-obrach seo a' dèanamh cinnteach gu bheil cosgaisean agus fiachanasan co-cheangailte ri stiùireadh stòrais air am pàigheadh bho mhaoin Oighreachd a' Chrùin Alba agus nach bi manaidsearan a' cleachdadh airgead sam bith a dh'fhaodadh a bhith aca air adhbhar eile airson seo.

143. Tha Oighreachd Crùn na h-Alba a' gabhail a-steach raon farsaing de stòrasan, agus bidh fiachanasan co-cheangailte ri cuid dhiubh, leithid dì-choimiseanadh bun-structair lùths ath-nuadhachail far-tìre.

144. Bha fiachanasan na adhbhar iomagain mòr do BhPA nuair a bha a' Phàrlamaid a' beachdachadh air an Achd. Mar as trice thèid fiachanasan co-cheangailte ri stòras a ghluasad gu manaidsear an stòrais, leis an tuigse gun coinnich am manaidsear ri fiachanasan co-cheangailte ris an stòras bhon chalpa no bhon teachd-a-steach aige a rèir am bu chòir am fiachanas a bhith air a phàigheadh bhon bhuidseit chalpa no bhon teachd-a-steach. Nuair a tha iad a' dèanamh tagradh airson gluasad no tiomnadh, feumaidh buidhnean a tha airson a dhol nam manaidsearan làn bheachdachadh a dhèanamh air mar a stiùireas iad agus mar a choinnicheas iad ri fiachanasan, a' gabhail a-steach fiachanas sam bith a dh'fhaodadh a bhith ceangailte ri stòrasan a tha air ùr fhaighinn. Dh'fhaodte gum bi fiachanasan ceangailte ris na rudan uile a leanas no ri gin aca:

- Stòras aig Oighreachd a' Chrùin Alba;
- Stòras a bha aig Oighreachd a' Chrùin Alba roimhe;
- Stòras Albannach eachdraidheil taobh a-staigh a' chiall ann am paragraf 1 ann an sgeideal 2 de sgeama tar-chur Oighreachd a' Chrùin.

<sup>13</sup> <https://consult.gov.scot/crown-estate-strategy-unit/long-term-management-of-the-crown-estate/>

**Is fheàrr le Ministearan na h-Alba dòigh-obrach stèidhichte air seirbheisean co-roinnte airson a bhith a' riaghaladh nan stòrasan gus dèanamh cinnteach gu bheil cùisean cho èifeachdach 's a ghabhas agus mar sin gu bheil an teachd a-steach lom do dh'Alba agus do choimhearsnachdan ionadail cho mòr 's a ghabhas.**

145. Faodaidh riaghladh ionadail air stòras a' cleachdadh nan cumhachdan san Achd smachd ionadail a thoirt seachad air dèanamh cho-dhùnaidhean ann an co-theacsa de fhrèam riaghlaidh nas fharsainge. Tha iomadh diofar modal a dh'fhaodadh a bhith ann gus taic a chumail ri co-dhùnaidhean tiomnaichte. Tha seo a' dol bho rèiteachaidhean sheirbheisean co-roinnte tro sgioba rianachd nàiseanta gus taic a chumail ri dèanamh cho-dhùnaidhean ionadail agus gus èifeachdas agus eaconamaidhean sgèile a mheudachadh gu sgioba rianachd coltach ri seo aig ìre roinneil nas fharsainge gus seirbheisean taice a thoirt do bhuidhnean de mhanaidsearan thar sgìrean comhairle no coimhearsnachdan, no siostaman rianachd is taic a bhith aig gach manaidsear fa leth.

146. Leis nach urrainnear a bhith cinnteach gun cruthaich stòras fa leth teachd a-steach gu leòr gus cosgaisean a phàigheadh, no gum bi an so-mhaoin chalpa co-cheangailte ri stòrasan fa leth gu leòr airson riatanasan tasgaidh san àm ri teachd, tha Riaghaltas na h-Alba den bheachd gu bheil feum air seirbheisean co-roinnte, far a bheil riaghladh stòrais air a thar-ghluasad no air a thiomnadh gu manaidsear eile.

147. Tha comas ann airson aontaidhean cùmhnantail airson seirbheisean co-roinnte gus taic a chumail ri libhrigeadh ann an dòigh a lughdaicheas cosgaisean rianachd an coimeas air na cosgaisean a bhiodh air gach manaidsear fa leth. Is e aon eisimpleir den dòigh-obrach seo a bhith a' leantainn air adhart le bhith a' faighinn taic rianachd agus luchd-obrach bho Oighreachd a' Chrùin Alba. Bheireadh seo cothrom do sgìrean ionadail co-dhùnaidhean deamocratach a dhèanamh a thaobh cleachdadh stòrasan agus aig an aon àm a bhith a' lughdachadh cosgaisean rianachd a bharrachd.

148. Dh'fhaodadh seirbheisean co-roinnte prìomh fhoincean thaic a thoirt do phrìomh sheirbheisean ro-innleachdail agus is dòcha cuideachd cuid de ghnìomhachdan obrachaidh a dh'fhaodadh a bhith air an toirt seachad còmhla, no airson nan seirbheisean a dh'fhaodadh a bhith air am far-thobrachadh (*outsourced*), leithid comhairle laghail.

149. Is urrainn dhan dòigh-obrach seo:

- Dùblachadh obrach a lùghdachadh; agus cur ri dòighean-obrach èifeachdach;
- Dèanamh cinnteach gu bheil cunbhalachd ann a thaobh stiùireadh; agus a thaobh slatan-tomhais cleachdaidh, a' gabhail a-steach siostaman choimpiutairean;
- Dèanamh cinnteach gu bheil cleachdaidhean stiùiridh a rèir ro-innleachdan agus geallaidhean nàiseanta nas fharsainge; agus
- Cunnartan ionmhasail a lùghdachadh.

**Mar as trice bithear an dùil gum bi buidheann a tha airson stiùireadh dìreach a ghabhail os làimh a' stiùireadh nam fiachanasan co-cheangailte riutha, a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha ag èirigh bho na co-dhùnaidhean stiùiridh aca, agus a' còmhach nan cosgaisean co-cheangailte ri seo bhon teachd-a-steach a thig bhon stòras.**

150. Tha fiachanasan a' gabhail a-steach nam fiachanasan uile aig an àm seo, san àm ri teachd agus san àm a dh'fhalbh. Nuair a thathar a' sireadh tar-ghluasad no tiomnadh, bu chòir dhan mhanaidsear san àm ri teachd a bhith deiseil, nuair a bhios e/i a' stiùireadh stòras aig Oighreachd a' Chrùin Alba, gus dèiligeadh ri cosgaisean nam fiachanasan co-cheangailte ris an stòras bho chunntasan oighreachd a' chrùin aca.

151. Cha bhi fiachanasan susbainteach aig a h-uile stòras aig Oighreachd a' Chrùin Alba. Feumaidh gach manaidshear dèanamh cinnteach gun cuir an stòras ri bhith a' togail teachd a-steach a bharrachd dhan SCF, às dèidh dha cosgaisean ruith agus geallaidhean eile a choileanadh, bho na cunntasan Oighreachd a' Chrùin aca.

152. Bidh uallach air manaidshearan cuideachd airson a bhith a' dèanamh cho-dhùnidhean mu na thachras do na stòrasan san àm ri teachd agus mar sin bidh uallach orra airson a h-uile gnìomh agus co-dhùnadh a' gabhail a-steach fiachanasan làithreach agus san àm ri teachd co-cheangailte riutha sin. Feumaidh manaidshearan aire a thoirt air mar a dh'fhaodadh gnìomhan agus co-dhùnidhean a thaobh an stòrais san àm ri teachd buaidh a thoirt air luach iomlan Oighreachd a' Chrùin Alba.



**Thèid urram a thoirt do chòraichean luchd-obrach Oighreachd a' Chrùin agus thèid an dìon ann an ath-leasachadh riaghladh Oighreachd a' Chrùin Alba agus bidh cothroman aca am beachdan a thoirt seachad.**

153. Tha Ministearan na h-Alba a' cur luach mòr anns na sgilean, san eòlas agus san dealas aig luchd-obrach Oighreachd a' Chrùin Alba. Bidh na sgilean agus an t-eòlas seo a dhìth san àm ri teachd ge b' e a bheil stòras air a riaghladh aig ìre nàiseanta no ma thèid modalan ùra airson smachd ionadail a chur an gnìomh.

154. Tha e coltach gum bi an roghainn de mhodalair seirbheis co-roinnte airson tar-glhuasad no tiomnadh stiùireadh - am modal as fhèarr leinn - buailteach atharrachadh a lùghdachadh airson luchd-obrach a tha air am fastadh le Oighreachd a' Chrùin Alba an-dràsta. Ghlèidheadh an roghainn seo eaconamaidhean sgèile co-cheangailte ri stiùireadh stòrasan aig ìre nàiseanta agus dhèanadh e cinnteach gum biodh an riarachadh as èifeachdaiche ann a thaobh cosgaisean luchd-obrach agus cosgaisean ghoireasan.

155. Thèid na còraichean aig luchd-obrach Oighreachd a' Chrùin Alba a dhìon tron phròiseas airson a bhith a' cur atharrachadh sam bith ri stiùireadh Oighreachd a' Chrùin Alba air dòigh.



**Cuidichidh Oighreachd a' Chrùin Alba Ministearan na h-Alba gus am Plana Riaghlaidh Ro-innleachdail a chur an gnìomh agus cruthaichidh iad dreuchdan ùra a bhios a' cur ri co-òrdanachadh riaghladh Oighreachd a' Chrùin Alba, a' comasachadh libhrigeadh a' Phlana agus a' toirt bhuannachdan gu buil, a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh pileat air modalan-obrach com-pàirteachais ùra. agus is dòcha tro cho-iomairtean.**

156. Bidh an dleastanas seo a bharrachd air an riatanas air Oighreachd a' Chrùin Alba a bhith a' toirt feart air a' Phlana seo. Bidh e a' toirt aire dhan luach agus do na buannachdan bho bhith a' faighinn cothrom air eòlas nas fharsainghe aig luchd-obrach taobh a-staigh na buidhne gus cuideachadh le obair air co-òrdanachadh agus air cur ri agus air taic a chumail ri modalan ùra air mar as urrainnear na stòrasan a stiùireadh.

157. Is dòcha gu bheil na modailean a dh'fhaodadh a bhith ann a' buntainn ri mar a bhios Oighreachd a' Chrùin Alba a' stiùireadh nan stòrasan ris a bheil i an urra no mar a dh'fhaodadh eòlas, taic no cuideachadh a thoirt seachad gus daoine eile a chuideachadh gus an stiùireadh de stòras sònraichte a ghabhail os làimh. Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu na dleastanasan ùra seo anns a' Phlana Chorpóra aig Oighreachd a' Chrùin Alba.

## Ag aithris, a' cumail sùil agus ag ath-sgrùdadh

158. Is e seo a' chiad Plana Stiùiridh Ro-innleachdail airson Oighreachd a' Chrùin Alba. Feumaidh Ministearan na h-Alba ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' Phlana taobh a-staigh còig bliadhna. Mar thoradh air ath-sgrùdadh, dh'fhaodte gun tèid plana atharraichte ullachadh (le ùmhachd do cho-chomhairle agus riatanasan a thaobh a bhith ga chur fa chomhair Pàrlamaid na h-Alba agus a bhith ga fhoillseachadh) mar a tha air a chur an cèill san Achd, no gun tèid aithris a chur fa chomhair na Pàrlamaid ag ràdh gu bheil sinn den bheachd nach bu chòir am Plana atharrachadh.

159. Cumaidh Riaghaltas na h-Alba sùil air cur an gnìomh a' Phlana, libhrigeadh nan amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean agus mar a tha iad a' co-thaobhadh le amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean eile. Obraichidh Riaghaltas na h-Alba le Oighreachd a' Chrùin Alba, Buidheann Comhairleachaidh an Luchd-ùidh agus le buidhnean a tha airson a bhith nam manaidsearan air stòrasan Oighreachd a' Chrùin Alba gus dèanamh cinnteach gun tèid sgrùdadh iomchaidh a dhèanamh an cois sgrùdadh nas fharsainge fon NPF agus air aithisgean bliadhnail agus aithisgean eile anns a bheil fiosrachadh mu choileanadh agus mu bhuilean a chaidh a choileanadh ann an stiùireadh Oighreachd a' Chrùin Alba.

160. Tha frèam-obrach anns an Achd airson stiùireadh nan stòrasan a riaghaladh aig ìre nàiseanta is ionadail. Tha am frèam-obrach seo a' gabhail a-steach ullachaidhean aithris agus cunntasachd nàiseanta agus tha iad a' gabhail a-steach targaidean agus KPIan a bhios feumail gus measadh a dhèanamh air a' Phlana Stiùiridh Ro-innleachdail. Bithear gan ath-sgrùdadh agus gan leasachadh thar beatha a' phlana gu sònraichte gus ar dòighean-obrach a leasachadh a thaobh a bhith a' meas agus a' cumail sùil air buannachdan àrainneachdail.

161. Bidh measadh agus ath-sgrùdadh a' Phlana air a stiùireadh le libhrigeadh thargaidean ann am Plana Corporra Oighreachd a' Chrùin Alba agus le Planaichean Stiùiridh sam bith a dheasaicheas manaidsearan eile. Thèid ath-sgrùdadh eadar-amail a dhèanamh air an fhrèam sgrùdaidh airson a' Phlana Stiùiridh Ro-innleachdail às dèidh bliadhna 3 gus cothroman a lorg gus na h-ullachaidhean sgrùdaidh a neartachadh agus gus dèanamh cinnteach gu bheil ullachaidhean air an cur an sàs às dèidh àm trì bliadhna a' phlana chorporra làithrich. Bu chòir seo cuideachd coimhead air a' chomas gus na clàran-ama airson Planaichean Stiùiridh Ro-innleachdail san àm ri teachd a cho-thaobhadh nas fheàrr leis an clàr-ama airson planaichean a tha riatanach airson manaidsear Oighreachd a' Chrùin Alba.

162. Bu chòir Plana Corporra Oighreachd a' Chrùin Alba agus Plana Stiùiridh sam bith eile a bhith a' cur an cèill mar a tha am manaidsear an dùil an stòras a tha fo an smachd a stiùireadh anns an ath thrì bliadhna. Bu chòir dhan Phlana:

- Amasan an stiùireadair a chur an cèill airson ùine a' phlana;
- Na gnìomhachdan a tha an stiùireadair am beachd a dhèanamh tron àm sin;
- Cunnart sam bith co-cheangailte ris na gnìomhachdan seo;
- Builean air an gabh coileanadh nan amasan a mheasadh;
- Mar a tha am manaidsear an dùil luach nan stòrasan a tha fo an stiùir a chumail suas agus mar a bhios iad a' feuchainn ri a leudachadh; agus
- Ag innse a bheil am manaidsear an dùil stòras sam bith aig Oighreachd a' Chrùin Alba cuidhteachadh san ùine sin agus, ma tha, ciamar a tha am manaidsear a' moladh gun tèid airgead sam bith a nithear bhon chuidhteachadh a chleachdadh.

163. Tha Aithisgean Bliadhnail a' dèanamh cinnteach gu bheil fosgailteachd agus follaiseachd ann agus tha iad cuideachd a' measadh mar a tha manaidsear air na h-amasan a choileanadh. Mar sin, bidh Aithisgean Bliadhnail agus Planaichean Stiùiridh air aon de na tobraichean fiosrachaidh mu choileanadh manaidsearan nan stòrasan.

164. Tha sgrùdadh na phàirt riatanach de Mheasadh Àrainneachd Ro-innleachdail (SEA) agus chaidh moladh airson frèam-obrach sgrùdaidh a chruthachadh gus sùil a chumail air na buaidhean àrainneachdail cudromach a th' ann bho bhuileachadh nam Planaichean gus dèiligeadh ri beàrnan dàta a tha air an comharrachadh san SEA. Bidh na freagairtean a gheibhear mun aithisg SEA air an sgrùdadh leis an amas a bhith gan toirt a-steach dhan fhrèam-obrach sgrùdaidh airson a' Phlana Stiùiridh Ro-innleachdail agus bidh seo a' gabhail a-steach com-pàirteachadh leis na h-ùidhean a tha air an comharrachadh gu h-àrd agus le feadhainn eile mar a bhios iomchaidh.

## Briathrachas

<b>Am Plana</b>	Am Plana Stiùiridh Ro-innleachdail
<b>An Achd</b>	Achd Oighreachd a' Chrùin Alba 2019
<b>Am Bile</b>	Bile Oighreachd a' Chrùin Alba 2018
<b>Achd nan Eilean</b>	Achd nan Eilean (Alba) 2018
<b>Cunntas calpa</b>	Caiteachas agus ionmhas air stòrasan neo-làthaireach air an cleachdadh ann an toirt seachad sheirbheisean taobh a-muigh na h-ùine cunntasachd làithrich.
<b>COSLA</b>	Convention Of Scottish Local Authorities - Co-chruinneachadh Ùghdarrasan Ionadail na h-Alba
<b>Oighreachd ann am fearann - Estate in land</b>	Nuair a thèid a chleachdadh a thaobh an dleastanas ann an earrann 90B(8) de dh'Achd na h-Alba 1998 gum feumar na stòrasan a chumail mar oighreachd ann am fearann, tha seo a' ciallachadh gu bheil dleastanas air a' mhanaidsear luach stòrasan na h-Alba a chumail suas, agus a bhith a' dèanamh ath-thasgadh dhan oighreachd, le aire iomchaidh do riatanasan deagh riaghlaidh.
<b>Sòn Eaconamach Às-dùnach - Exclusive Economic Zone</b>	Sòn mara, air òrdachadh le Cairt nan Dùthchannan Aonaichte air Lagh na Mara, far a bheil còraichean sònraichte aig stàit a thaobh a bhith a' rannsachadh agus a' cleachdadh stòrasan mara, a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh lùths bho uisge is gaoth.
<b>Cunntas Teachd a-steach</b>	Cunntas a' sealltainn teachd a-steach agus cosgaisean làitheil thairis air bliadhna.
<b>KM</b>	Cilemeatairean
<b>Comas reachdail</b>	Na raointean anns an urrainn do Pàrlamaid na h-Alba reachdas a dhèanamh.
<b>BPA</b>	Ball Pàrlamaid na h-Alba
<b>NPF</b>	National Performance Framework - Frèam-obrach Coileanadh Nàiseanta
<b>SCF</b>	Scottish Consolidated Fund - Maoin Bhonntaichte na h-Alba  A' mhaoin a chaidh a chruthachadh le Achd na h-Alba 1998 anns am bi pàighidhean gan cur le Rùnaire na Stàite no suimean a gheibh Rianadairean na h-Alba, agus às an tig airgead Rianadairean na h-Alba agus buidhnean eile a tha air am mìneachadh gu reachdail.
<b>SEA</b>	Strategic Environmental Assessment - Measadh Ro-innleachdail air an Àrainneachd
<b>Seirbheisean Co-roinnte</b>	Modail libhrigidh seirbheis far a bheil foincseanan tar-ghnìomhach, obrachaidh, proifeasanta no taiceil air an libhrigeadh gu co-obrachail às leth barrachd air aon bhuidheann. Dh'fhaodadh seirbheisean co-

	roinntean a bhith a' gabhail a-steach co-iomairtean eadar an roinn phoblach agus an roinn phrìobhaideach.
<b>SPFM</b>	Scottish Public Finance Manual - Leabhar-làimhe Ionmhais Poblach na h-Alba  Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba gus stiùireadh a thoirt seachad air mar bu chòir stòrasan agus maoinen poblach a làimhseachadh agus mar bu chòir aithris orra.
<b>Gabhaltas Udal</b>	Seòrsa gabhaltais fearainn anns na h-Eileanan a Tuath. Tha seo air a bhith ann bho bha na h-Eileanan a Tuath nam pàirt de Nirribhidh.
<b>UN</b>	United Nations - Na Dùthchannan Aonaichte



## Leas-phàipear A:

Amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean

1

Bu chòir stòrasan Oighreachd a' Chrùin Alba a bhith air an stiùireadh airson buannachd na h-Alba agus nan coimhearsnachdan, le luach margaidh ga phàigheadh airson reic no liosan, ach a-mhàin mas urrainn do mhanaidsear an stòrais dearbhadh gun tèid buannachdan nas fharsainghe a libhrigeadh air sgèile co-ionann.

2

Gus na buannachdan a thoirt gu buil, agus mar chomharra gun dh'fhuaras cuid de dh'fhearann is de shealbh thar ùine airson adhbharan tasgaidh sònraichte, tha e coltach gun tèid cuid de stòrasan no pàirtean de stòrasan a reic thairis air còig bliadhna a' Phlana, gu sònraichte fearann aig no air a' chosta mar fhreagairt air iarrtasan airson adhbharan leas poblach no cothroman gus luach a mheudachadh do dh'Alba, ag aithneachadh gu bheil grunn na mara na stòras ro-innleachdail nàiseanta nach eil Ministearan na h-Alba airson briseadh an àird.

3

Bu chòir do Ro-innleachdan agus Planaichean airson stòrasan Oighreachd a' Chrùin Alba beachdachadh air na cothroman airson buannachdan a thoirt do choimhearsnachdan eileanach agus thèid measadh a dhèanamh air buaidhean a dh'fhaodadh a bhith ann mar a tha riatanach fo Achd nan Eilean 2018.

4

Bu chòir do mhanaidsearan beachdachadh air a' chomas aca cur ri poileasaidhean nas fharsainghe a thaobh ath-leasachadh fearainn agus cumhachd dhan coimhearsnachd le bhith a' tabhann cothroman gus na stòrasan sin a shealbhadh no a stiùireadh gu dìreach, agus mar phàirt de ro-innleachdan gus beachdachadh air an luach nas fharsainghe bho na stòrasan fearainn a bhith nam phàirt fhathast de dh'Oighreachd a' Chrùin Alba.

5

Ro 2025, tha e coltach gum bi an cothromachadh eadar gnìomhachd co-cheangailte ri stiùireadh stòrasan cladaich is mara air fàs an taca ri stòrasan fearainn dùthchail, mar thoradh air na cothroman ùra a dh'fhaodadh a bhith air an toirt gu buil, ach tha e coltach gum bi mòran fearainn agus sealbh aig Oighreachd Crùn na h-Alba fhathast.

6

Bu chòir manaidsearan beachdachadh air a' chomas airson tasgaidhean a chuireas ri coileanadh Plana Atharrachadh Gnàth-shìde na h-Alba agus Plana Freagarrachaidh Atharrachadh na Gnàth-shìde, agus beachdachadh air a' chomas airson barrachd gnìomhachd tasgaidh a dhèanamh airson adhbhar ath-bheothachaidh airson leas coimhearsnachd no leas nàiseanta, a' gabhail a-steach fearann air a' chosta timcheall air puirt, calaidhean agus bun-structar eile, gus cothroman a thoirt gu buil airson Alba agus airson eaconamaidhean ionadail, agus gun tèid prìomhachas a thoirt do na tasgaidhean sin mar as trice seach tasgaidhean ann an sealbh malairteach ùra eile.

7

Cha bu chòir tasgaidhean ann an Oighreachd a' Chrùin Alba a bhith air talamh no sealbh a tha na phàirt den Oighreachd mar-thà a-mhàin, mas urrainn toraidhean no buannachdan nas fharsainghe fhaighinn dhan Oighreachd agus do dh'Alba. Mar eisimpleir, gus am bi e nas fhasa buannachdan a thoirt do choimhearsnachdan a tha suidhichte air a' chosta ri taobh pàirtean de ghrund na mara a tha leis an Oighreachd.

8

Tha iomadachd Oighreachd a' Chrùin Alba a' ciallachadh nach eil an aon dòigh-obrach stiùiridh daonnan practaigeach agus gu bheil buannachdan ann a dh'fhaodadh tighinn à smachd no stiùireadh ionadail, no à cothroman ion-chur a bharrachd aig an ìre ionadail ann an dèanamh cho-dhùnaidhean taobh a-staigh an fhrèam riaghlaidh nàiseanta a tha Achd Oighreachd a' Chrùin Alba a' toirt seachad a tha a' ceadachadh diofar dòighean-obrach ann an diofar phàirtean de dh'Alba.

9

Ro dheireadh beatha còig bliadhna a' Phlana, dh'fhaodte gum bi farsaingeachd de mhanaidsearan aig stòrasan Oighreachd a' Chrùin Alba le stòrasan fa leth air an stiùireadh aig an ìre iomchaidh, agus le cothroman tro thar-ghluasad, tiomnadh no pileatan airson comhairlean, coimhearsnachdan agus buidhnean iomchaidh eile a bhith a' cur ri no a' cumail smachd air co-dhùnaidhean air mar a tha stòrasan air an riaghladh agus air an cleachdadh.

10

Is e stòras ro-innleachdail nàiseanta a th' ann an grund mara na h-Alba agus bu chòir a stiùireadh aig ìre nàiseanta ach cumaidh Ministearan na h-Alba na h-ullachaidhean fo sgrùdadh, feuch a bheil e iomchaidh gum bi stòrasan air an stiùireadh aig an ìre nàiseanta no ionadail.

11

Ruithidh Ministearan na h-Alba cuairt thòiseachail gus molaidhean iarraidh airson stiùireadh stòrasan no pàirtean de stòrasan, a thar-ghluasad no a thiomnadh, gu sgìrean ionadail de dh'Alba, agus nì iad co-chomhairle ro-làimh mu dhreach stiùireadh air dè na molaidhean a bu chòir a bhith ann agus dè na slatan-tomhais airson molaidhean a mheasadh, a' gabhail a-steach buannachdan a dh'fhaodadh a bhith ann agus luach an airgid.

12

Nuair a tha manaidsear a' stiùireadh stòras aig Oighreachd a' Chrùin Alba, bu chòir dhaibh sin a dhèanamh ann an dòigh a tha follaiseach, cunntachail, in-ghabhalach agus a rèir deagh prionnsapalan eile a thaobh deagh riaghaladh.

13

Nì Ministearan na h-Alba stiùireadh air an dòigh anns a bheilear an dùil gun gèill manaidsearan ri riatanasan Achd Oighreachd a' Chrùin Alba a thaobh a bhith a' toirt air adhart leasachadh seasmhach agus a' feuchainn ri stòrasan a stiùireadh ann an dòigh a tha dualtach cur ri buannachdan nas fharsainghe do dh'Alba, a' gabhail a-steach gnothaichean buntainneach nuair a chleachdar na cumhachdan ann an earrann 11 den Achd.

14

Cruthaichidh Ministearan na h-Alba stiùireadh air riatanasan eile do mhanaidsearan a' gabhail a-steach riatanasan cunntasachd agus riatanas sam bith a thaobh cosgaisean fo earrann 13 den Achd.

15

Thèid an teachd a-steach lom a chleachdadh airson buannachd na h-Alba agus nan coimhearsnachdan le rèiteachaidhean iomchaidh ann gus taic-airgid a cho-òrdanachadh airson prògraman agus pròiseactan nach gabh a dhèanamh le aon choimhearsnachd no comhairle.

16

Bu chòir gum biodh an teachd-a-steach lom bho stòrasan mara a-mach gu 12 mìle mara buannachdail do choimhearsnachdan cladaich agus bu chòir a h-uile ullachadh airson teachd-a-steach lom a bhith follaiseach agus cunntachail le cothroman do choimhearsnachdan beachdan a thoirt seachad air mar a thèid an teachd-a-steach a chleachdadh.

17

Obrachaidh Riaghaltas na h-Alba le COSLA gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air na rèiteachaidhean san àm ri teachd airson teachd-a-steach lom bho stòrasan mara a-mach gu 12 mìle mara. Bidh an ath-sgrùdadh a' coimhead air riatanasan stiùiridh na h-oighreachd, mar as urrainnear teachd-a-steach a mheudachadh tro mhaoineachadh ro-innleachdail, an comas do choimhearsnachdan ùidhe eile a bhith nam manaidsèaran agus air an argamaid airson na buidhnean sin a bhith a' faighinn buannachd dhìreach bhon teachd-a-steach lom.

18

Bu chòir buidhnean ionadail aig a bheil ùidh ann an a bhith a' riaghladh stòras aig Oighreachd a' Chrùin Alba beachdachadh air mar a b' urrainn dhaibh obair agus fèicheanas a ghabhail os làimh san fhad-ùine agus an stòras a stiùireadh ann an dòigh a libhrigeas luach a bharrachd, a bhios follaiseach agus èifeachdach agus a tha a rèir a' phrìomh dhleistanais aca.

19

Is fheàrr le Ministèaran na h-Alba dòigh-obrach stèidhichte air seirbheisean co-roinnte airson a bhith a' riaghaladh nan stòrasan gus dèanamh cinnteach gu bheil cùisean cho èifeachdach 's a ghabhas agus mar sin gu bheil an teachd a-steach lom do dh'Alba agus do choimhearsnachdan ionadail cho mòr 's a ghabhas.

20

Mar as trice bithear an dùil gum bi buidheann a tha airson stiùireadh dìreach a ghabhail os làimh a' stiùireadh nam fiachanasan co-cheangailte riutha, a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha ag èirigh bho na co-dhùnaidhean stiùiridh aca, agus a' còmhdach nan cosgaisean co-cheangailte ris bhon teachd-a-steach a thig bhon stòras.

21

Thèid urram a thoirt do chòraichean luchd-obrach Oighreachd a' Chrùin agus thèid an dìon ann an ath-leasachadh riaghladh Oighreachd a' Chrùin Alba agus bidh cothroman aca am beachdan a thoirt seachad.

22

Cuidichidh Oighreachd a' Chrùin Alba Ministèaran na h-Alba gus am Plana Stiùiridh Ro-innleachdail a chur an gnìomh agus cruthaichidh iad dreuchdan ùra a bhios a' cur ri co-òrdanachadh riaghladh Oighreachd a' Chrùin Alba, a' comasachadh libhrigeadh a' Phlana agus a' toirt bhuannachdan gu buil, a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh pìleat air modalan-obrach com-pàirteachais ùra. agus is dòcha tro cho-iomairtean.

## Leas-phàipear B:

Mar a tha Amasan, Prìomhachasan agus poileasaidhean a rèir nan Amasan, Prìomhachasan agus Poileasaidhean eile aig Riaghaltas na h-Alba

Amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean eile aig Riaghaltas na h-Alba	Amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean a tha a rèir no a tha a' cur ris na molaidhean, prìomhachasan agus poileasaidhean nas fharsainghe
<a href="#">Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta</a>	1, 2, 3, 4, 5, 6, 7, 8, 9, 10, 11, 12, 13, 14, 15, 16, 17, 18, 19, 20, 21, 22
<a href="#">Am Prògram Riaghlaidh,</a>	1, 2, 3, 4, 5, 6, 7, 8, 9, 10, 11, 12, 13, 14, 15, 16, 17, 18, 19, 20, 21, 22
<a href="#">Plana Atharrachadh na gnàth-shìde</a>	1, 5, 6, 7, 13, 15, 16, 17
<a href="#">Plana Nàiseanta na Mara 2015</a>	1, 2, 5, 6, 7, 10, 13, 15, 16, 17, 22
<a href="#">Ro-innleachd Lùths na h-Alba</a>	1, 2, 5, 6, 7, 10, 13, 15, 16
<a href="#">Ro-innleachd Nàiseanta na Còmhdhail</a>	1, 2, 3, 5, 6, 7, 13
<a href="#">Ro-innleachd Nàiseanta na Turasachd</a>	1, 2, 3, 5, 6, 7, 13, 15, 16, 17
<a href="#">Getting the best from our land: A Land Use Strategy for Scotland 2016-2021</a>	1, 2, 3, 4, 5, 6, 7, 13
<a href="#">Ro-innleachd Coilltearachd na h-Alba, 2019-2029</a>	1, 2, 4, 6, 7, 13
<a href="#">Achd Glèidhteachas Nàdair (Alba)</a>	1, 2, 4, 5, 6, 13, 15, 16, 17
<a href="#">2020 Challenge for Scotland's Biodiversity</a>	1, 2, 4, 5, 6, 13, 15, 16, 17
<a href="#">Scotland's Biodiversity: A Route Map to 2020</a>	1, 2, 4, 5, 6, 13, 15, 16, 17
<a href="#">Achd Atharrachadh na Gnàth-shìde (Alba) 2009</a>	1, 5, 6, 7, 13, 15, 16, 17

<a href="#"><u>Plana Gnìomh Eaconamach 2018 - 2020</u></a>	1, 2, 3, 4, 5, 6, 7, 10, 11, 12, 13, 14, 15, 16, 17, 19, 20
<a href="#"><u>Ro-innleachd a thaobh Cleachdadh Fearainn</u></a>	1, 2, 3, 4, 5, 7, 8, 9, 18
<a href="#"><u>Aithris air Còraichean is Dleastanasan Fearainn</u></a>	1, 2, 3, 4, 5, 7, 8, 9, 18
<a href="#"><u>Aithris air Còraichean Fearainn is Com-pàirteachadh coimhearsnachd</u></a>	1, 2, 3, 4, 7, 8, 9, 18

## Leas-phàipear C:

### Stòrasan Oighreachd a' Chrùn Alba

Stòras	Mìneachadh
Sràid Sheòrais	Na toglaichean aig 39 gu 41 Sràid Sheòrais, Dùn Èideann.
Grunnd na mara	Grunnd na mara bho 0-12 mìle mara ann an Uisgeachan na h-Alba
Còraichean Stòraidh (Grunnd na mara)	Na còraichean suas gu 200 mìle mara airson a bhith: (1) a' dì-luchdachadh gas gu uidheamachd agus loidhnichean-pioba; (2) a' stòradh gas airson adhbhar sam bith agus a' gabhail gas a bha air a stòradh air ais; agus (3) a' rannsachadh leis an amas a chleachdadh airson (1) agus (2)
Còraichean Lùths (Grunnd na mara)	Na còraichean suas gu 200 mìle mara airson a bhith a' cleachdadh agus a' rannsachadh lùths bho ghaoth agus bho uisge agus airson cuspairean co-cheangailte
Còraichean Mèinnireach (Grunnd na mara)	A' chòir feum a dhèanamh de ghrunnd na mara agus a fho-ùir airson rudan seach hàidreo-charbonan suas gu 200 mìle mara.
Càballan (a' gabhail a-steach interconnectors)	A' chòir a bhith a' cur a-steach siostam sgaoilidh no craobh-sgaoilidh air no fo ghrunnd na mara suas gu 200 mìle mara.
Loidhnichean-pioba	A' chòir gus loidhnichean-pioba a chur suas gu 200 mìle mara
Oighreachd Whitehill	Oighreachd Whitehill ann an Lodainn Mheadhanach
Oighreachd Ghleann Liobhait	Oighreachd Ghleann Liobhait ann am Moireibh
Oighreachd Applegirth	Oighreachd Applegirth ann an Dùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh
Oighreachd Fhachabair	Oighreachd Fhachabair ann am Moireibh
Còraichean tuathanachais uisge (Grunnd na mara)	A' chòir air tuathanachas maoraich agus tuathanachas èisg
Còraichean Mòraidh (Grunnd na mara)	A' chòir air mòraidhean maireannach a chur ann agus a chleachdadh ann an cladach a thathas a' meas mar phàirt de dh'Oighreachd a' Chrùn Alba
Cladach	(1) Ann an Arcaibh is Sealltainn, tha 'na laighe eadar' a' ciallachadh na tide-mhara as àirde as t-earrach agus an tràghadh as ìsle;  (2) Anns a' chòrr de dh'Alba tha 'na laighe eadar' a' ciallachadh eadar an ìre as àirde cuibheasach agus ìre as ìsle cuibheasach den mhuir
Uisgeachan air Tìr	
Iasgach a' Bhradain	A' chòir air iasgach a' bhradain ann an aibhnichean agus air a' chosta far a bheil na còraichean leis a' Chrùn

<b>Airgead is Òr (mèinnirean air tìr)</b>	A' chòir air airgead agus òr a tha a' nochdadh gu nàdarra ach a-mhàin nuair a chaidh a' chòir a thoirt air falbh ann an reachd fhoirmeil bhon Chrùn do phàrtaidh eile. Tha sealbh reachdail aig a' Chrùn air còraichean mèinnearachd airgid is òir ann an Alba a' tighinn bho reachdas anns an 15mh agus 16mh linn.
<b>Mèinnirean Glèidhte</b>	Na còraichean mèinnirean glèidhte uile a tha leis a' Chrùn an Alba ach a-mhàin an fheadhainn air grunn na mara.
<b>Còraichean taobh a- muigh an 12 mìle mara</b>	A' chòir air stòrasan nàdarra air an sgeilp mhòr-thìreach (ach a-mhàin connadh fosail) fo Achd na Sgeilp Mòr-thìrich 1964; Còraichean air lùths ath-nuadhachail far tìr agus air gas nàdarra agus carbon dà-ogsaid a gluasad agus a stòradh fo Achd an Lùths 2008.

Tùs: Oighreachd a' Chrùn Alba

## Leas-phàipear D:

Achd Oighreachd a' Chrùin Alba 2019 – Earrannan 7, 10, 11, 22 agus 23

### 7 Dleastanas a bhith a' cumail agus a' cur ri luach

- (1) Feumaidh an manaids ear aig aon no barrachd stòras aig Oighreachd a' Chrùin Alba a bhith a' feuchainn ri bhith a' cumail suas agus a' cur ri—
  - (a) luach nan stòrasan, agus
  - (b) an teachd a-steach bhuapa.
- (2) Ann a bhith a' coileanadh an dleastanais fo fho-earrainn (1), sin feumaidh am manaids ear —
  - (a) a bhith ag obair anns an dòigh as fheàrr gus leasachadh seasmhach a bhrosnachadh ann an Alba, agus
  - (b) feuchainn ris na stòrasan a stiùireadh ann an dòigh a tha buailteach cur ri brosnachadh no leasachadh nan rudan a leanas ann an Alba—
    - (1) leasachadh eaconamach
    - (ii) ath-bheothachadh,
    - (iii) leas sòisealta,
    - (iv) leas na h-àrainneachd

### 10 Cuidhteachaidhean far a bheil cead Ministreil a dhìth

- (1) Far a bheil fo-earrann (2) no (3) an sàs, chan urrainn do mhanaidsear stòras Oighreachd a' Chrùin Alba (ach a-mhàin Ministearan na h-Alba) sealbh air an stòras a thar-ghluasad ach a-mhàin le cead Ministearan na h-Alba.
- (2) Tha an fho-earrann seo an sàs far nach biodh am manaids ear, mar thoradh air an tar-ghluasad, a' riaghladh stòras sam bith aig Oighreachd a' Chrùin Alba tuilleadh.
- (3) Tha an fho-earrann seo an sàs far a bheil an stòras na chuibhreann de ghrund na mara, no far a bheil e a' gabhail a-steach cuibhreann de ghrund na mara ('s e sin grund na mara is fo-uir na mara taobh a-staigh sgìre mara na h-Alba).
- (4) Ann am fo-earrann (3)—

Tha “raon mara na h-Alba” air a mhineachadh a rèir earrann 1 de dh'Achd na Mara (Alba) 2010,

Tha “muir” air a mhineachadh a rèir earrann 2 den Achd sin.



**11 Dleastanas a bhith a' faighinn luach a' mhargaidh**

(1) Chan fhaod am manaidsear aig stòras Oighreachd a' Chrùin Alba gin de na tar-ghnìomhan a leanas (“tar-ghnìomh buntainneach”) a dhèanamh air suim nas lugha na luach a' mhargaidh—

- (a) sealbh an stòrais a thar-ghluasad,
- (a) lios a thoirt seachad air an stòras,
- (c) còir sam bith eile a thoirt seachad air no a thaobh an stòrais.

(2) A dh'aindeoin fo-earrann (1), faodaidh am manaidsear tar-ghnìomh buntainneach a dhèanamh airson suim nas lugha na luach a' mhargaidh (a' gabhail a-steach gun suim sam bith a bhith ann) ma tha am manaidsear riarachdichte gu bheil an tar-ghnìomh buntainneach dualtach cur ri adhartachadh no leasachadh nan rudan a leanas ann an Alba—

- (a) leasachadh eaconamach
- (b) ath-bheothachadh
- (c) leas sòisealta,
- (d) leas na h-àrainneachd, no
- (e) Leasachadh seasmhach

(3) Ann a bhith a' co-dhùnadh am bu chòir tar-ghnìomh iomchaidh a dhèanamh air suim nas lugha na luach a' mhargaidh, feumaidh am manaidsear aire a thoirt dhan bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig an tar-ghnìomh air luach Oighreachd a' Chrùin Alba gu h-iomlan.

(4) Chan eil fo-earrann (1) an sàs far an dèan am manaidsear tar-ghnìomh iomchaidh—

- (a) airson a bhith a' gèilleadh do dhleastanas a tha comasach air cur an gnìomh an aghaidh a' Chrùin no an aghaidh a' mhanaidsear,
- (b) a rèir paragraif 3 (2) no 4 (2) de Phàirt 1 de sgeideal 4 de Sgeama Tar-ghluasad Oighreachd a' Chrùin.

## 22 Plana Stiùiridh Ro-innleachdail

- (1) Feumaidh Ministearan na h-Alba Plana ullachadh airson stiùireadh Oighreachd a' Chrùin Alba.
- (2) Feumaidh am plana na rudan a leanas a chur an cèill —
  - (a) amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean a thaobh stiùireadh na h-Oighreachd (a' gabhail a-staigh a bhith a' faighinn stòrasan ùra), agus
  - (b) measadh air mar a tha na h-amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean a rèir nan amasan, prìomhachasan agus poileasaidhean eile aig Ministearan na h-Alba.
- (3) Faodaidh fiosrachadh eile mun Oighreachd agus a stiùireadh a bhith anns a' Phlana mar a chì Ministearan na h-Alba iomchaidh.
- (4) Fhad 's a thathar ag ullachadh a' Phlana, feumaidh Ministearan na h-Alba beachdan a shìreadh bho—
  - (a) gach manaidsear,
  - (b) duine sam bith eile a tha iad den bheachd a tha iomchaidh.
- (5) Feumaidh manaidsear feart a thoirt air a' Phlana nuair a thathar—
  - (a) ag ullachadh Plana stiùiridh,
  - (b) a' cleachdadh gin de na foincseanan eile aig a' mhanaidsear.
- (6) Feumaidh Ministearan na h-Alba—
  - (a) lethbhreac den Phlana a chur mu choinneamh Pàrlamaid na h-Alba, agus
  - (b) am Plana fhoillseachadh ann an dòigh a tha iad a' meas iomchaidh cho luath 's a ghabhas dèanamh gu reusanta às dèidh lethbhreac dheth a bhith air a chur fa chomhair na Pàrlamaid.
- (7) Ann am fo-earrann (5)(a), tha "Plana stiùiridh" a' ciallachadh—
  - (a) far is e Oighreachd a' Chrùin Alba (Riaghladh Eadar-amail) am manaidsear, Plana a tha air ullachadh fo artaigil 19 (1) de dh'Òrdugh Oighreachd a' Chrùin Alba (Riaghladh Eadar-amail),
  - (b) air neo, Plana air ullachadh fo earrann 24(1).

**23 Ath-sgrùdadh air a' Phlana Ro-innleachdail**

(1) Feumaidh Ministearan na h-Alba ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' Phlana a chaidh ullachadh fo earrann 22 (1) gun a bhith nas fhaide na deireadh gach ùine 5 bliadhna.

(2) Às dèidh lèirmheas den t-seòrsa seo, feumaidh Ministearan na h-Alba an dàrna cuid—

(a) am Plana ath-nuadhachadh, no

(b) aithris a chur air beulaibh Pàrlamaid na h-Alba a' nochdadh gu bheil iad den bheachd nach bu chòir am Plana ath-sgrùdadh.

(3) Tha Earrann 22 (2) gu (6) a' buntainn ri Plana ath-sgrùdaichte mar a tha e a' buntainn ris a' Phlana a chaidh ullachadh fo fho-earrann (1) den earrainn sin.

(4) Ann am fo-earrann (1), tha “ùine 5 bliadhna” a' ciallachadh—

(a) na h-ùine 5 bliadhna a' tòiseachadh leis an latha air an tèid am Plana a chaidh ullachadh fo earrann 22 (1) a chur fa chomhair na Pàrlamaid, agus

(b) gach ùine 5 bliadhna às dèidh sin a' tòiseachadh leis an latha air a bheil—

(i) lethbhreac de Phlana ath-sgrùdaichte air a chur fa chomhair Pàrlamaid na h-Alba, no (a rèir an t-suidheachaidh)

(ii) aithris air a chur fa comhair fo-earrann (2) (b).



Scottish Government  
Riaghaltas na h-Alba  
gov.scot

© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2020

**OGL**

Tha am foillseachadh seo air a cheadachadh fo chumhachan Cead Riaghaltas Fosgailte v3.0 ach far a bheil an caochladh air a ràdh. Gus an cead seo fhaicinn rach gu [nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3](https://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3) no sgrìobh gu Sgioba Poileasaidh an Fhiosrachaidh, An Tasglann Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuir post-d gu: [psi@nationalarchives.gsi.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gsi.gov.uk).

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn aig [www.gov.scot](http://www.gov.scot)

Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn seo a chur thugainn aig

Riaghaltas na h-Alba  
Taigh Naomh Anndrais  
Dùn Èideann  
EH1 3EG

Air fhoillseachadh sa Bheurla an toiseach sa Mhàirt 2020  
ISBN: 978-1-83960-735-6 (air-loidhne a-mhàin)

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, An Cèitean 2020.

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA  
PPDAS727786 (05/20)

w w w . g o v . s c o t